



Comataidh Sgrùdadh Poblach agus Iar-Reachdail

Diardaoin 24 Sultain 2020



The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba

© Dlighe-sgrìobhaidh phàrlamaideach. Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba

Gheibhear fiosrachadh mu phoileasaidh dlighe-sgrìobhaidh Pàrlamaid na h-Alba air an làraich-lìn -
www.parliament.scot no le fios gu Fiosrachadh Poblach air 0131 348 5000

Diardaoin 24 Sultain 2020

CLÀR-INNSE

	Col.
COM-PÀIRTEAN.....	1
CO-DHÙNADH AIR GNOTHACH A GHABHAIL GU PRÌOBHAIDEACH.....	2
AITHISG EARRAINN 22	3
“Sgrùdadh air Bòrd na Gàidhlig airson 2018/19: Riaghladh agus Fosgarrachd”	3

COMATAIDH SGRÙDADH POBLACH AGUS IAR-REACHDAIL 20mh Coinneamh 2020, Seisean 5

NEACH-GAIRM

Jenny Marra (Ear-thuath na h-Alba) (Làb)
*Anas Sarwar (Glaschu) (Làb) (Neach-gairm sealach)

LEAS-NEACH-GAIRM

*Graham Simpson (Meadhan na h-Alba) (Tòr)

BUILL COMATAIDH

*Cailean Beattie (Lodainn Mheadhanach a Tuath agus Baile nam Feusgan) (SNP)
*Niall Bibby (Alba an Iar) (Làb)
*Bill Bowman (Ear-thuath na h-Alba) (Tòr)
*Ailig Neil (Àrd-Ruigh agus Shotts) (SNP)
*Willie Ó Cobhthaigh (Cill Mheàrnaig agus Srath Irbhinn) (SNP)

*an làthair

GHABH NA LEANAS PÀIRT CUIDEACHD:

Dùghlas Andsell (Riaghaltas na h-Alba)
Pòl Johnston (Riaghaltas na h-Alba)
Dr Stewart Macleòid (Bòrd na Gàidhlig)
Màiri NicAonghais (Bòrd na Gàidhlig)
Shona NicIllInnein (Bòrd na Gàidhlig)
Adam Tomkins (Glaschu) (Tòr) (Neach-ionaid Comataidh)

CLÀRC NA COMATAIDH

Lucy Scharbert

ÀITE

Rùm Mary Fairfax Somerville (CR2)

Pàrlamaid na h-Alba

Comataidh Sgrùdadh Poblach agus Iar-Reachdail

Thursday 24 September 2020

[Thòisich an Neach-gairm Sealach a' choinneamh aig 09:30]

Com-pàirtean

An Neach-gairm sealach (Anas Sarwar): Madainn mhath. Fàilte gu Pàrlamaid na h-Alba. Seo an 20mh coinneamh den Chomataidh Sgrùdadh Poblach agus Iar-reachdail. Chuir Bill Bowman BPA a-steach leisgeulan; bidh Adam Tomkins BPA a' frithealadh na coinneimh na àite.

Mus tòisich sinn, tha mi a' cur an cuimhne bhall, luchd-fianais agus luchd-obrach gu bheil a' cumail ri astarachadh sòisealta ann an seòmraichean comataidh agus air feadh àrainn Thaigh an Ròid. Tha mi ag iarraidh air a h-uile duine a bhith cinnteach gun cùm iad ris na riaghailtean rè gnothach na maidne seo, a' gabhail a-steach nuair a tha sibh a' tighinn 's a' falbh bhon t-seòmar comataidh. Tha mi cuideachd airson cuimhneachadh do na buill gun a bhith a' beantainn ris na microfònan no na consolan aig a' choinneimh.

Is e Cuspair Gnothaich 1 a bhith a' nochdadh chom-pàirtean. Leis gur e seo a' chiad choinneamh aige mar neach-ionaid den chomataidh, tha mi ag iarraidh air Adam Tomkins com-pàirt buntainneach sam bith ainmeachadh.

Adam Tomkins (Glaschu) (Tòr): Tapadh leibh, a neach-gairm. Chan eil com-pàirtean buntainneach agam ri innse a bharrachd air an fheadhainn a tha air an liostadh agam air clàr chom-pàirtean nam ball.

Co-dhùnadh air Gnothach a Ghabhail gu Prìobhaideach

09:31

An Neach-gairm sealach: Is e Cuspair Gnothaich 2 co-dhùnadh air gnothach a ghabhail gu prìobhaideach. A bheil ball sam bith an aghaidh a bhith a' gabhail cuspair 4 gu prìobhaideach? Ma tha Niall Bibby no Adam Tomkins—a tha a' gabhail pàirt air astar—an aghaidh seo, bu chòir dhaibh làmh a thogail.

Tha sin air aontachadh.

Aithisg Earrainn 22

“Sgrùdadh air Bòrd na Gàidhlig airson 2018/19: Riaghladh agus Fosgarrachd”

09:31

An Neach-gairm sealach: Is e Cuspair Gnothaich 3 aithisg earrainn 22 air sgrùdadh 2018-19 air Bòrd na Gàidhlig.

Tha mi a’ cur fàilte air na fianaisean againn bho Bhòrd na Gàidhlig: Shona NicIllInnein, ceannard; Màiri NicAonghais, cathraiche; agus an Dr Stewart Macleòid, neach-cathrach na comataidh sgrùdaidh agus dearbhachd; agus ar fianaisean bho Riaghaltas na h-Alba: Pòl Johnston, Àrd-stiùiriche, Foghlam, Coimhearsnachdan agus Ceartas; agus Dùghlas Ansdell, ceannard sgioba na Gàidhlig agus Scots.

Tha mi a’ tuigsinn gu bheil Shona NicIllInnein, Màiri NicAonghais agus Pòl Johnston airson aithrisean tòiseachaidh a dhèanamh. Mus iarr mi orra sin a dhèanamh, tha mi airson beagan a ràdh.

Tha Pàrlamaid na h-Alba dealasach a thaobh cleachdadh na Gàidhlig a dhèanamh comasach feadh a ghnòthaichean uile far an gabh sin a dhèanamh. Bha Shona NicIllInnein agus Màiri NicAonghais airson bruidhinn anns a’ Ghàidhlig san t-seisean fianais seo, agus bha sinn a’ cur air dòigh gun tachradh sin sa Ghiblean, nuair a bha an seisean gu bhith ann an toiseach. Mar a tha fios againn, chaidh an seisean a chur dheth air sgàth galar lèir-sgaoilte Covid-19 agus tha sinn anis ag obair ann an suidheachadh gu math eadar-dhealaichte. Tha mi taingeil do Bhòrd na Gàidhlig airson a bhith ag obair le luchd-obrach na Pàrlamaid air diofar roghainnean a rannsachadh gus a’ Ghàidhlig a chleachdadh tron t-seisean seo. Tha mi a’ tuigsinn gum bi faclan tòiseachaidh Shona NicIllInnein agus Màiri NicAonghais sa Ghàidhlig, agus tha fàilte ro sin. Tha a’ Phàrlamaid a’ cur air dòigh gum bi Aithisg Oifigeil na coinneimh seo air a thionndadh gu Gàidhlig gus am bi e ruigsinneach don h-uile duine sa choimhearsnachd Ghàidhlig.

Tha mi anis ag iarraidh air Màiri NicAonghais an aithris aice a thoirt seachad sa Ghàidhlig, agus an uair sin sa Bheurla.

Màiri NicAonghais (Bòrd na Gàidhlig): Tapadh leibh. Madainn mhath, a neach-gairm, a bhuill na comataidh agus a’ chuideachd air fad a tha an làthair an seo an-diugh. ‘S e urram agus dùbhlán a th’ ann a bhith an-diugh a’ bruidhinn às leth Bòrd na Gàidhlig. Is mise Màiri NicAonghais. Is mi cathraiche a’ bhùird. Is mi an seachdamh cathraiche a tha air a bhith air Bòrd na Gàidhlig bhon a chaidh a stèidheachadh còrr is 14 bliadhna deug air ais.

Còmhla rium tha ceannard a’ bhuidheann Shona NicIllInnein. Is ise an t-ochdamh ceannard a tha air a bhith anns an dreuchd aig a’ bhòrd bhon a chaidh a stèidheachadh aig an àm sin. Cuideachd an làthair air-loidhne tha Stewart Macleòid a tha na chathraiche air comataidh aig Bòrd na Gàidhlig.

‘S e buidheann poblach le dleastanasan mòra ach sgioba beag a th’ anns a’ bhòrd. Tha 400 bliadhna de dh’eachdraidh air cùlaibh leasachadh na Gàidhlig. Fad iomadach bliadhna cha robh riaghailtean idir coibheil agus chaidh iomadach cron a dhèanamh air a’ chànan. Ach tha sinn fortanach an-diugh gu bheil Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 ann agus gu bheil am bòrd a’ cur air adhart leasachadh. ‘S mar sin tha uallaichean mòra mòra air Bòrd na Gàidhlig. Tha an sgioba beag agus mar as motha a tha an obair a’ dol air adhart, ‘s ann as motha agus as treasa a tha an obair a’ fàs.

Thairis air na beagan bhliadhnaichean a chaidh seachad, a’ tòiseachadh ann an 2018, thuing am bòrd gun robh atharrachadh a dhith taobh a-staigh a’ bhùird fhèin agus tarsaing na h-obrach aige air fad. A-mach às an tuigse agus na còmhraidhean a bha sin, thàinig rannsachadh domhainn aig toiseach na bliadhna 2019.

A-mach às an rannsachadh sin, thàinig plana gnìomha agus ‘s e sin am plana gnìomha air a bheil sinne aig a’ bhòrd air a bhith ag obrachadh airson leasachadh cudromach agus tomadach is mòr a thoirt air a’ bhuidheann.

Tha mise toilichte a bhith an seo an-diugh a’ toirt fianais air an obair mhath is an obair chruaidh a tha air a bhith a’ tachairt san ochd mìos deug a chaidh seachad.

Lean Màiri NicAonghais oirre sa Bheurla.

Is mise neach-cathrach Bòrd na Gàidhlig, agus is mi an seachdamh cathraiche (no cathraiche eadar-amail) a tha air a bhith air a’ Bhòrd bhon a chaidh a stèidheachadh còrr is ceithir bliadhna deug air ais. Còmhla rium tha Shona NicIllInnein, an ceannard, agus, a’ gabhail pàirt air-loidhne, tha an Dr Stewart Macleòid, neach-cathrach na comataidh sgrùdaidh againn.

Tha e na urram agus na dhùbhlán a bhith an seo an-diugh, ach tha mi air leth toilichte an cothrom seo a bhith agam a bhith an làthair agus fianais a thoirt seachad air ur beulaibh. Tha Bòrd na Gàidhlig na bhuidheann poblach le dleastanasan mòra agus sgioba glè bheag. Tha a’ Ghàidhlig air 400 bliadhna fhulang de dhroch reachdas agus dith taic, agus tha sinn fhathast a’ dèiligeadh ris an eachdraidh sin agus sinn a’ feuchainn ris a’ chànan a leasachadh tron obair a tha sinn a’ dèanamh.

Is e Bòrd na Gàidhlig a’ chiad bhuidheann reachdail leis an uallach sin, agus mar sin chan e

obair bheag a tha sinn air a shuidheachadh dhuinn fhèin. Tha na h-amasan agus na dùilean cudromach agus a' sìor fhàs. Le barrachd leasachaidh, barrachd chothroman agus barrachd soirbheachaidh, tha dùilean air an àrdachadh taobh a-staigh a' bhuidhinn againn agus anns a' choimhearsnachd Ghàidhlig san fharsaingeachd ann an Alba agus air feadh na cruinne.

Dh'fhàs e soilleir dhuinn aig Bòrd na Gàidhlig gum feumadh am buidheann atharrachadh, agus dh'aithnich am bòrd fhèin sin. Bha pàirt shònraichte aig an Stiùiriche againn, Shona NicIllnnein, ann a bhith a' gabhail nan ceumannan sin. Anmoch ann an 2018, thòisich sinn a' sgrùdadh mar a bha sinn airson cultar atharrachaidh is measaidh a chruthachadh. Chaidh sgrùdadh nas fharsainge a dhèanamh oirnn san Fhaoilleach 2019, agus à sin thàinig plana leasachaidh iomlan gus am buidheann a leasachadh. Dh'obraich sinn leis a' phlana leasachaidh a bharrachd air a' phlana gnìomha ris a bheil sinn ag obair co-dhiù. Tha mi toilichte a ràdh gun deach an cultar atharrachaidh sin a thoirt air adhart gu math. Aig ar turas sgrùdaidh o chionn ghoirid, thugadh fa-near gun robh adhartas mòr air a bhith ann, agus tha mi taingeil airson sin.

Iarraidh mi a-nis air mo Cheannard barrachd fiosrachaidh a thoirt dhuibh mu dheidhinn sin.

An Neach-gairm sealach: Iarraidh mi a-nis air Shona NicIllnnein, faclan tòiseachaidh a ràdh sa Ghàidhlig, agus an uair sin sa Bheurla.

Shona NicIllnnein (Bòrd na Gàidhlig): Madainn mhath. Is mise Shona NicIllnnein agus is mi ceannard Bhòrd na Gàidhlig. 'S e aithisg dhùbhlach a bha againn ach tha i air feum mòr a dhèanamh dhuinn.

Nuair a thòisich mise sa bhuidhinn, bha obair mhòr romhainn a thaobh a' "Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig 2018-2023"—an treas plana—agus às dèidh sin a chur an gnìomh, thòisich sinn ag obair air atharrachaidhean. A' tighinn a-mach às na h-atharrachaidhean sin bha e soilleir gun robh barrachd dhraghan ann na bha sinn an dùil agus, air sgàth sin, bha sinn a' bruidhinn ris an luchd-sgrùdaidh againn. A-mach às a sin thàinig an sgrùdadh as doimhne a bha riamh aig Bòrd na Gàidhlig.

Thug an luchd-sgrùdaidh dhuinn plana leasachaidh mionaideach, domhainn, farsaing. A-mach às a' phlana sin, thàinig structairean a tha a' ciallachadh gu bheil a' bhuidheann a-nis ag obair air leasachadh leantainneach agus gum bi na pròiseasan sin againn gu bràth.

Thairis air a' bhliadhna a chaidh seachad, tha sinn air tòrr a dhèanamh airson na molaidhean aig an luchd-sgrùdaidh a chur an gnìomh, nam measg: a' cumail choinneamhan gu poblach; ag ullachadh plana feachd-obrach; a' neartachadh

conaltradh taobh a-staigh agus taobh a-muigh na buidhne; atharrachaidhean ri structaran; agus prògram trèanaidh is leasachaidh mu choinneamh sin. Tha sinn air leth riarachta gun robh an sgrùdadh bliadhna seo a' sealltainn gun robh toraidhean air leth math air a bhith ann.

Lean Shona NicIllnnein oirre sa Bheurla.

Madainn mhath. Is mise Shona NicIllnnein agus is mi ceannard Bòrd na Gàidhlig. Bha an aithisg a fhuair sinn dùbhlach ach cuideachd feumail. Nuair a thòisich mise sa bhuidhinn, bha obair mhòr romhainn a thaobh an treas plana cànan nàiseanta Ghàidhlig a chur air adhart, agus thug sin mu bhliadhna. Mar thoradh air sin, dh'aithnich mi gun robh atharrachadh mòr a dhith anns a' bhuidhinn agus chuir mi cùisean air chois gus atharrachadh a chur an gnìomh.

Mar thoradh air cuid de na gnìomhan sin, bhruidhinn sinn air draghan an luchd-sgrùdaidh agus às dèidh na còmhraidhean sin chaidh aontachadh gum feumar sgrùdadh nas fharsainge a dhèanamh air a' bhuidhinn. B' e seo an sgrùdadh bu doimhne a rinneadh riamh air Bòrd na Gàidhlig, agus b' e a' bhuil plana agus structar leasachaidh iomlan is mionaideach, a tha a' ciallachadh gu bheil pròiseasan leasachaidh leantail each a-nis aig a' bhuidhinn.

Chaidh mòran obrach a dhèanamh anns a' bhliadhna a chaidh seachad gus molaidhean an luchd-sgrùdaidh a bhuileachadh, a' toirt a-steach coinneamhan bùird is comataidhean a chumail gu poblach, plana luchd-obrach a chruthachadh, conaltradh taobh a-staigh agus taobh a-muigh a mheadachadh, atharrachaidhean air structaran, agus prògram trèanaidh is leasachaidh gus cur ris na h-atharrachaidhean sin. Rinneadh uiread obrach is gun robh aithisg sgrùdaidh bhliadhna seo ag aithneachadh gun do rinneadh leasachadh susbainteach.

Is dòcha gum biodh e na chuideachadh don chomataidh beagan a chluinntinn mu chuid den obair a tha Bòrd na Gàidhlig a' toirt gu buil. Bidh sinn ag obair le còrr air 60 ùghdarras poblach ann a bhith a' cruthachadh planaichean Ghàidhlig, a' toirt a-steach Riaghaltas na h-Alba agus iad ag ùrachadh a' phlana Ghàidhlig aca. Bidh an sgioba foghlaim againn a' toirt seachad comhairle air feadh na dùthcha agus do Phàrlamaid na Rìoghachd Aonaichte. O chionn ghoirid thug an stiùiriche foghlaim againn fiosrachadh do bhuidheann phàrlamaideach uile-phàrtaidh na RA air fileantachd labhairt ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus cùisean leithid iomadachd chultarach ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig airson co-obrachadh leasachaidh roinneil Caidreachas a' Chinn a Tuath.

Bidh sinn tric a' cur ri dreachd bhilean agus a' toirt fianais do chomataidhean. Tha sinn ag obair le sgiobaidhean air a' bhile còraichean daonna a tha san amharc agus bheir sinn fianais seachad air Bile na Cloinne (Alba), leis gu bheil iad le chèile ag aithneachadh chòraichean cànanach, agus mar sin feumaidh a' Ghàidhlig a bhith aig an cridhe. Tha sinn cuideachd ag obair le sgioba eileanan Riaghaltas na h-Alba gus measadh buaidh air eilean a chruthachadh gus am bi a' Ghàidhlig mar phàirt dheth.

Mar fhreagairt air Covid, stèidhich sinn maoin ath-neartachaidh a bha fosgailte don h-uile buidheann Gàidhlig, agus thug sinn seachad còrr air £200,000 gus timcheall air 60 buidheann a chuideachadh le bhith a' cur ri foghainteachd. Bidh sinn ag obair le mòran de na prìomh chom-pàirtichean maoinichte againn gus barrachd ghoireasan air-loidhne a chruthachadh agus ruigsinneachd agus branndadh nas fheàrr a chruthachadh dhaibh gus taic a thoirt do sgoilearan tro mheadhan na Gàidhlig agus an teaghlach aig àm glasaigh, gus an urrainn foghlam bogaidh a chumail a' dol anns an àm dhuilich seo.

Tha sinn cuideachd air a bhith an sàs leis na prìomh bhuidhnean maoinichte againn ann a bhith ag atharrachadh na tha sinn a' sùileachadh bhuapa air sgàth Covid. Tha mòran de na tha sinn a' maoineachadh nan tachartasan cultarail agus cànan, agus mar sin tha sinn air a bhith ag obair còmhla riutha gus na tachartasan sin a chur air-loidhne. Tha sin a' ciallachadh gu bheil na mìltean de dhaoine air feadh an t-saoghail a' gabhail pàirt ann an tachartasan Gàidhlig. Tha sinn air a bhith a' cruthachadh lionraidhean gus ceannardas a thoirt don choimhearsnachd Ghàidhlig aig an àm dhùbhlanaich seo.

Tha mi an dòchas gu bheil mi air blas a thoirt don chomataidh air cho cudromach 's a mheas sinn an aithisg agus an uiread obrach a rinn sinn gus a cur an gnìomh, agus air sealltainn gu bheil sinn a' cumail oirnn leis an obair làitheil againn cuideachd. Bu math leam gnàthas-cainnte Gàidhlig a chuir mi nam litir don chomataidh san Ògmhios a ràdh a-rithist, oir tha e a' mineachadh gu pongail pròiseas sìor leasachaidh:

“S e obair latha tòiseachadh, 's e obair beatha crìochnachadh.”

Taing mhòr.

09:45

Pòl Johnston (Riaghaltas na h-Alba): Mar an t-oifigear cunntachail airson a' phortfolio foghlaim, bha dragh orm mu na bha ann an aithisg sgrùdadh Deloitte airson 2018-19 agus an aithisg earrainn 22 bho Sgrùdadh Alba. Bha e soilleir gum feumar prògram leasachaidh susbainteach a

dhèanamh mar chùis èiginn gus dèiligeadh ris na chaidh a thogail.

Choinnich mi ris a' chathraiche, an ceannard agus buill den àrd sgioba san t-Samhain 2019, agus dh'aontaich sinn gum feumar obair a chuimseachadh air trì prìomh raointean: an toiseach, àrd-sgioba co-leanailteach, èifeachdach agus air leth soirbheachail a thogail; san dàrna àite, dèanamh cinnteach à deagh chleachdadh ann a bhith a' riaghladh coileanadh; agus san treas àite, obair gu fosgailte agus a' conaltradh gu h-èifeachdach le com-pàirtichean agus leis a' mhòr-shluagh gus ceannardas làidir, fosgailte a libhrigeadh airson taic a thoirt do leasachadh na Gàidhlig.

Tha an aithisg sgrùdadh airson 2019-20 a chaidh a thoirt don chomataidh a' nochdadh adhartas mòr anns na raointean sin. Tha an luchd-sgrùdadh ag aithneachadh barrachd fosgarrachd agus follaiseachd agus leasachaidhean ann an dealbhadh ionmhais, dealbhadh sgioba-obrach agus trèanadh airson buill a' bhùird. Tha iad a' toirt iomradh air leasachaidhean san àrd-sgioba-riaghlaidh agus air stèidheachadh buidheann-stiùiridh plana leasachaidh gus sùil a chumail air adhartas. Thairis air aon bhliadhna, mheas iad gun deach 74 sa cheud de na gnìomhan sa phlana leasachaidh a choileanadh, le fìor phiseach ri fhaicinn ann an 86 sa cheud de na raointean a tha air an còmhach sa phlana. Feumaidh an obair leasachaidh sin leantainn air adhart. Chaidh grunn raointean a chomharrachadh airson tuilleadh adhartais agus feumar cumail a' dol a' libhrigeadh nan leasachaidhean sin.

Tha mi a' cur fàilte air an dòigh fhosgailte agus chinnteach a tha an cathraiche agus an ceannard air a bhith a' stiùireadh na h-obrach leasachaidh sin. Nuair a thug an seann Àrd-neach-sgrùdadh fianais don chomataidh, thuirt i gun robh i toilichte leis an ìre gun robh

“aithneachadh ceart ann air na duilgheadasan agus dealas airson na leasachaidhean a dhèanamh air a bheil feum gus am fuasgladh.”—[*Aithisg Oifigeil, Comataidh Sgrùdadh Poblach agus Iar-reachdail*, 16 Faoilleach 2020; c 16.]

Leanaidh Riaghaltas na h-Alba a' toirt taic do Bhòrd na Gàidhlig fhad 's a tha iad a' libhrigeadh an cuid obrach chudromach ann a bhith a' brosnachadh na Gàidhlig agus a cultar ann an Alba.

Cailean Beattie (Lodainn Mheadhanach a Tuath agus Baile nam Feusgan) (SNP): Tòisichidh mi le ceist no dhà air an aithisg earrainn 22, an uair sin gluaisidh mi air adhart chun na sgrìobhainn a chaidh a chur chun na comataidh fo chòmhach do litreach air 22 Sultain.

Thug aithisg earrainn 22 cunntas air grunn dhùbhlanaich a bha mu choinneimh a' bhùird a thaobh fàilligeadh riaghlaidh. Dè an ìre gun robh buaidh

aig an fhàilligeadh riaghlaidh sin air libhrigeadh taic don Gàidhlig agus dè an obair conaltraidh a chaidh a dhèanamh leis a' choimhearsnachd gus dèiligeadh ri sin?

Shona NicIlllnein: Tha sinn air iomradh a thoirt air an uiread obrach a tha sinn air a bhith ris a thaobh leasachadh na Gàidhlig. Tha an aithisg bhliadhnail 2018-19 againn agus an aithisg bhliadhnail 2019-20 againn, a dh'aontaich am bòrd an-dè, a' sealltainn gun do libhrig sinn cha mhòr a h-uile gnìomh anns na planaichean gnìomha againn airson nam bliadhnaichean sin. Bha ceithir a-mach às na 80 gnìomh ann an aithisg 2019-20 nach deach a libhrigeadh, agus chaidh trì dhiubh sin a chrìochnachadh às dèidh deireadh na bliadhna, agus mar sin tha fianais shoilleir againn gu bheil sinn air cumail oirnn a' libhrigeadh obair làitheil.

Rinn sinn grunn rudan gus conaltradh le ar luchd-ùidh a mheudachadh. B' e aon dhiubh sin, air an tug mi iomradh na bu tràithe, coinneamhan comataidh agus bùird a chumail gu poblach; tha iad air an lìon-chraoladh agus tha sin air a bhith a' tachairt bhon Chèitean am-bliadhna.

Anns an stiùireadh againn airson nan coinneamhan sin, a tha ri fhaighinn air-loidhne, bidh sinn ag iarraidh air daoine beachdan sam bith a chur a-steach, le post-d, air na cùisean air am bi am Bòrd no a' chomataidh a' beachdachadh. Aig àm foillseachaidh na h-aithisg, san t-Samhain 2019, sgrìobh mi gu àrd-oifigearan nam prìomh bhuidhnean Gàidhlig gam fiathachadh gu coinneamh còmhla rium gus co-dhùnaidhean na h-aithisge a dheasbad, gus na beachdan aca air ar n-obair agus air an aithisg a chluinntinn, agus gus innse ciamar a dh'fhaodamaid a bhith ag obair nas fheàrr còmhla airson na Gàidhlig. Tha mi toilichte a ràdh gun do ghabh na buidhnean sin uile ris an tairgse sin.

A' leantainn air a' chuspair sin, bho thòisich glasadh, tha mi fhìn agus an cathraiche air sreath choinneamhan a chur air dòigh le cathraichean agus ceannardan nam buidhnean Gàidhlig. Bidh mi a' coinneachadh ris na ceannardan gach mìos gus beachdachadh air cùisean làithreach agus gus freagairtean ullachadh do, mar eisimpleir, mapa slighe na h-Alba (*Scotland's route map*). Chuir sinn a-steach freagairt don mhapa slighe aig Riaghaltas na h-Alba bhon choimhearsnachd Ghàidhlig. Ghabh na buidhnean sin uile pàirt ann a bhith ag ullachadh an fhiosrachaidh airson na freagairt sin.

Ann an iomadh dòigh, chùm sinn oirnn a' neartachadh conaltradh le luchd-ùidh. Tha sinn air an aithisg a chleachdadh mar dhòigh air sin a dhèanamh. Tha sinn air a bhith fosgailte leis a' choimhearsnachd againn mu na bha san aithisg, agus tha sinn air beachdan dhaoine a shireadh mu na dh'fheumas sinn a dhèanamh. An-dè, bha

coinneamh bùird againn aig an deach am prògram conaltraidh airson leasachadh a' cheathramh plana nàiseanta, a thòisicheas san Dàmhair, aontachadh. Bidh a' chiad ìre den cho-chomhairle sin a' ruith airson an ath shia mìosan. Tha barrachd is barrachd conaltraidh ann leis a' choimhearsnachd.

Cailean Beattie: Tha aithisg sgrùdaidh bliadhnail a' bhùird agus an litir chòmhaich agad, leis a' cheann-latha 22 Sultain, a' nochdadh gu bheil adhartas air a bhith ann. Tha an t-uabhas stuth san aithisg. Dh'fhaodainn a dhol troimhe mean air mhean, ach togaidh mi ochd puingean a tha a' cur dragh orm. Tha iomradh air "fiosrachadh ceàrr"; "Draghan mu ... seasmhachd ionmhasail"; Tha feum air "tuilleadh leasachaidhean"; "Neogheilleadh"; ìrean ìosal de "sgrùdadh"; nach eil am bòrd a' tuigsinn "dhreuchdan agus dleastanasan"; molaidhean nach deach a chur an gnìomh; agus a' cheist mu "fhosgarrachd" le luchd-obrach. Cha robh cothrom againn a dhol tron aithisg gu mionaideach, ach sin na puingean a leum a-mach dhòmhsa. Ged a tha adhartas air tachairt, tha e soilleir gu bheil slighe fhada ri dhol. Tha an aithisg a' nochdadh bheàrnan a tha gu math draghail. Ciamar a dhèiligeas tu riutha?

Shona NicIlllnein: Bruidhnidh mi air a' phuig mu sheasmhachd ionmhasail an toiseach, oir tha sin na chùis beagan air leth. Coltach ri mòran bhuidhnean poblach, bidh sinn a' faighinn buidseat bho Riaghaltas na h-Alba, a tha air a shuidheachadh gach bliadhna, agus feumaidh sinn obrachadh taobh a-staigh a' bhuidseit sin. Is e cosgaisean luchd-obrach a tha a' dèanamh an-àirde a' mhòr-chuid de na cosgaisean ruith againn. Mar a bhios na cosgaisean sin ag èirigh, feumaidh sinn sin a riaghladh gus na cosgaisean sin a chumail taobh a-staigh ar buidseit.

Tha ceist an-còmhnaidh ann mu bhith a' dèanamh cinnteach gun urrainn dhuinn a bhith seasmhach a thaobh ionmhas, rud a tha sinn air a choileanadh, mar a tha na sgrùdaidhean againn uile air sealltainn. Ach, anns a' phlanadh air adhart againn, tha dragh ann an-còmhnaidh mu ciamar a ghabhas àrdachadh chosgaisean a làimhseachadh. Tha sinn air plana ionmhais meadhan-ùine agus cùis gnìomhachais a dheasachadh, agus tha sinn ga leasachadh tuilleadh, gus dèiligeadh ris a' cheist sin. Is e sin aon phàirt den dealbh.

Tha sinn gu mòr den bheachd, agus sinn air an aithisg fhaighinn, gu bheil feum air tuilleadh obrach. Rinn sinn obair sa bhad agus rinn sinn toiseach toiseachaidh làidir, ach feumaidh sinn cumail oirnn a' leasachadh. Bidh beachdachadh air na raointean a tha an luchd-sgrùdaidh air a chomharrachadh ann an aithisg sgrùdaidh bhliadhnail na bliadhna seo, na gnìomhan a tha fhathast ri thighinn bhon phlana leasachaidh a bh'

ann roimhe agus na gnìomhan a tha ag èirigh bho shuirbhidh bhliadhnail an luchd-obrach againn uile nam pàirt den phlana leasachaidh ùr againn, mar sin tha—

Cailean Beattie: Tha cuid de na rudan sin gu math bunaiteach. Shaoilear gum biodh iad ann an àite co-dhiù gun feum air pròiseact sònraichte no fòcas sònraichte orra. Mar eisimpleir, a bhith a' dèiligeadh ri aithris mhearachdach—tha sin cho bunaiteach.

Shona NicIllInnein: Chan eil mi cinnteach a bheil sibh air am plana leasachaidh againn fhaicinn. Bha an dreach mu dheireadh 18 duilleagan a dh'fhaid, agus bha e gu math mionaideach. Is e na tha an luchd-sgrùdaidh ag ràdh gu bheil mearachdan san aithris sin. Gu dearbh, feumaidh sinn fàs nas fheàrr—

Cailean Beattie: A bheil thu ag ràdh gun robh an luchd-sgrùdaidh ceàrr?

Shona NicIllInnein: Chan eil. Tha mi ag ràdh gun tuir an luchd-sgrùdaidh gun robh cuid de mhearachdan anns an aithris againn air a' phlana leasachaidh. Tha mi a' gabhail ris na thuir an luchd-sgrùdaidh.

Cailean Beattie: Ach chan e sin an t-seòrsa mearachd a tha a' tighinn a-mach san aithisg; tha e mu dheidhinn mearachdan ann am fiosrachadh a chaidh a chur chun bhùird.

Shona NicIllInnein: Tha am plana leasachaidh air aithris don bhòrd.

Cailean Beattie: Cha chreid mi gur ann dìreach mun phlana leasachaidh a bha e, ach leigidh mi sin seachad. Tha na h-ochd rudan a thog mi cho bunaiteach; ciamar nach urrainnear an dèanamh?

Shona NicIllInnein: Faodaidh mi dearbhadh don chomataidh gu bheil a' mhòr-chuid dheth ga dhèanamh, agus gu bheil sinn—

Cailean Beattie: Tha an aithisg ag ràdh nach eil.

Shona NicIllInnein: Tha an aithisg a' nochdadh cuid de shuidheachaidhean anns nach do thachair e, ach sa mhòr mhòr-chuid de shuidheachaidhean, tha e a' tachairt. Bidh am plana leasachaidh, agus an trèanadh a bhios sinn a' libhrigeadh sa bhuidhinn againn, a' togail nan siostaman sin.

Cailean Beattie: Dè an clàr-ama a th' agaibh airson dèiligeadh ris na cùisean a tha air fhàgail?

Shona NicIllInnein: Chaidh dèiligeadh mu thràth ri cuid de na cùisean a chaidh a chomharrachadh ann an aithisg sgrùdaidh na bliadhna seo. Mar eisimpleir, b' e aon de na gnìomhan a mhol an luchd-sgrùdaidh eòlas a bharrachd air atharrachadh a riaghladh fhaighinn bhon taobh a-muigh. An-dè, dh'aontaich am bòrd

againn pàipear gus an gnìomh sin a chur an sàs. Tha e air leantainn air a' cur fòcas air an raon sin. Bheir sin eòlas agus comas a bharrachd dhuinn gus na riatanasan a th' air fhàgail airson leasachadh a libhrigeadh. Tha sinn a' cur obair an sàs sa bhada thaobh sin.

Cailean Beattie: Tha mòran fhathast ri dhèanamh, agus tha tòrr dheth an urra ri taic bho Riaghaltas na h-Alba, cho fad 's a chì mise, nuair a thig e gu buill a' bhùird agus na dreuchdan agus na dleastanasan aca. A bheil prògram ann gus an taic sin a thoirt seachad? Bu toil leam gun toireadh Pòl Johnstone beachd seachad air seo.

Pòl Johnston: Tha mi toilichte a' cheist sin a fhreagairt. Ann a bhith ga dhèanamh, tha mi airson a ràdh gun robh mi ag iarraidh gum faiceadh a' chomataidh an aithisg sgrùdaidh as ùire sin, eadhon ged a tha i a' tighinn tràth agus gu math ùr, agus chan e an t-adhbhar airson sin gu bheil e foirfe – mar a dh'ainmich sibh, tha raointean mòra ann far a bheil feum air adhartas fhathast – ach air sgàth gu bheil e a' sealltainn adhartas gu math subsbainteach.

Tha na clàran cearcaill tron aithisg ag innse an sgeulachd fhèin mun ire adhartais. Chaidh adhartas a dhèanamh le bhith a' toirt taic do bhuill a' bhùird. Chaidh trèanadh a thoirt dhaibh air an dreuchdan agus an dleastanasan. Is dòcha gum bi an cathraiche no an ceannard ag iarraidh barrachd a ràdh mu dheidhinn sin.

Leanaidh sgioba taic maoineachaidh Riaghaltas na h-Alba air adhart a' toirt taic don bhòrd. An toiseach, bidh sin tro bhith ag obair leis a' bhòrd agus an cathraiche air buill a bharrachd a chur an dreuchd air a' bhòrd. Thàinig dàil anns a' phròiseas sin fhad 's a bha dàil ann am fastadh dhreuchdan poblach aig àm Covid-19, ach tha mi toilichte a ràdh gu bheil e a' toiseachadh a-rithist.

Tha fastadh bhall don bhòrd glè chudromach, agus tha taic gus tuigsinn na tha e a' ciallachadh a bhith nad bhall bùird cudromach cuideachd. Leanaidh sinn oirnn ag obair leis a' bhòrd gus an stiùireadh air inntigeadh a leudachadh.

Cailean Beattie: Tha an aithisg a' bruidhinn air draghan mu stiùir na taic a thathas a' toirt seachad, agus e coltach gu bheil e cuingealaichte do bhuill a' bhùird a-mhàin. Saoilidh mi gu bheil faireachdainn anns an aithisg – tha mi a' bruidhinn bho chuimhne an seo – gum bu chòir dha buntainn ri luchd-obrach cuideachd.

10:00

Pòl Johnston: Bha cuid de bheachdan anns a' chiad aithisg, a lean gu aithisg earrainn 22 Sgrùdadh Alba, mun dàimh leis an roinn maoineachaidh agus àite Riaghaltas na h-Alba a thaobh sin. Mheas sinn sin air leth cudromach,

agus rinn sinn sgrùdadh bhon taobh a-muigh le bhith ag iarraidh air sgiobaidhean eile ann an Riaghaltas na h-Alba coimhead air mar a bha an taic ag obair. Tha Dùghlas Ansdell a' stiùireadh a' ghnòthaich sin; is dòcha gum bi e airson barrachd a ràdh mu dheidhinn.

Tha sinn a' coimhead—gu dearbh, tha sinn dìreach air coimhead—air an aonta frèam-obrach eadar Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gu bheil soilleireachd ann mu dhreachdan is dleasan. Tha e an urra gu sònraichte ri ceannard a' Bhùird agus an sgioba aice taic agus leasachadh a thoirt don luchd-obrach aice; cha shaoilinn gum biodh a' chomataidh an dùil gun gabhadh sgioba taic Riaghaltas na h-Alba pàirt ghnìomhach a thaobh sin. Ach a dh'aindeoin sin, tha mi airson gun toir Riaghaltas na h-Alba seachad a h-uile taic reusanta a dh'fheumas Bòrd na Gàidhlig.

An Neach-gairm sealach: Carson a tha mearachdan sa phlana leasachaidh?

Shona NicIllInnein: Air sgàth na h-ìre agus meud de mhion-fhiosrachadh agus na goireasan a tha rim faighinn, agus gu bheil luchd-obrach Bòrd na Gàidhlig bhon Mhàrt am-bliadhna—mar a tha mòran eile—air a bhith ag obair bhon taigh, rud a tha a' dèanamh chùisean mar sin, mar sgrùdadh phàipearan agus co-obrachadh, nas duilghe.

An Neach-gairm sealach: Ciamar a b' urrainn don luchd-sgrùdaidh mearachdan a lorg, nuair nach b' urrainn do na daoine a chuir an aithisg ri chèile? Chan eil sibh air freagairt carson.

Shona NicIllInnein: Carson? Tha e air sgàth na tha ann de dh'obair. Tha sinn air a ràdh gu bheil obair a' dol air adhart air a' phlana leasachaidh aig an aon àm ri obair làitheil. Tha sgioba glè bheag againn airson sin a dhèanamh. Tha mise agus trì eile anns an àrd sgioba riaghlaidh, agus tha trì san sgioba rianachd againn. Tha am plana leasachaidh againn an-dràsta a' ruith gu rudeigin mar 18 duilleag.

An Neach-gairm sealach: Nur beachd-ne, dè na mearachdan a th' ann? [*Chan urrainnear a chluinntinn.*]

Shona NicIllInnein: Bha aon rud as aithne dhomh a' buntainn ri iomradh air aithisg sgrùdaidh a-staigh. Bha làn phrògram againn de sgrùdadh a-staigh an-uiridh – chaidh 10 sgrùdadh a dhèanamh. Bidh an luchd-sgrùdaidh a-staigh againn a' cleachdadh siostam rangachaidh gus cunntas a thoirt air inbhe na h-aithisg sgrùdaidh a gheibh iad. Tha ceithir ìrean ann. Tha an dà ìre mhath ann, “làidir” agus “susbainteach”. Is e “làidir” an ìre as fheàrr, agus is e an dàrna ìre as fheàrr “susbainteach”. Thuir aon de na h-aithisgean luchd-sgrùdaidh gun deach rangachadh “làidir” a thoirt do aon de na h-aithisgean sgrùdaidh – is e sin an ìre as àirde - nuair a fhuair

e ìre “susbainteach”. Sin eisimpleir de aon de na mearachdan anns a' phlana leasachaidh.

An Neach-gairm sealach: Cia mheud mearachd a bh' ann?

Shona NicIllInnein: Bho mo chuimhne, chan eil mi a' smaoinichadh gun do thomhais an luchd-sgrùdaidh cia mheud—

An Neach-gairm sealach: Is cinnteach, aon uair 's gun do dh'innis an luchd-sgrùdaidh dhuibh gun robh mearachdan anns a' phlana leasachaidh, gun deach sibh a dh'fhaicinn dè bh' annta.

Shona NicIllInnein: Chaidh—agus chuir sinn ceart iad.

An Neach-gairm sealach: Cia mheud mearachd a bha ann?

Shona NicIllInnein: Bha 's dòcha còig. Tha mi duilich; chan urrainn dhomh àireamh cheart a thoirt dhuibh, ach bha e faisg air sin—

An Neach-gairm sealach: Dhe na mearachdan air a bheil cuimhne agaibh, an robh iad uile cho beag ri a bhith a' cur facal ceàrr ann, leithid “làidir” seach “susbainteach”, no an robh feadhainn ann a bha tòrr nas mionaidiche?

Shona NicIllInnein: Bha iad den t-seòrsa sin, ach dh'fhaodadh gun saoilidh an luchd-sgrùdaidh nach e rud beag idir a bh' ann dhuinn a ràdh gun d' fhuair sinn an ìre as àirde nuair a fhuair sinn an dàrna ìre as àirde.

An Neach-gairm sealach: Ceart. Seadh—

Shona NicIllInnein: Am faod mi rudeigin eile a ràdh?

An Neach-gairm sealach: Faodaidh—leanaibh air adhart.

Shona NicIllInnein: Dh'aontaich sinn leis an luchd-sgrùdaidh againn—agus bhruidhinn sinn riutha san Ògmhios agus às dèidh sin aig a' chomataidh sgrùdaidh san Lùnastal—gum biodh am plana leasachaidh ùr mòran nas sìmplidh agus nas ro-innleachdail, le prìomh chomharran coileanaidh nas soilleire. Nì sin aithris, ceasnachadh no cumail sùil air an aithris sin fada nas sìmplidh. Feumar adhartas aithneachadh, agus is e aon dòigh anns an dèan sinn sin a bhith a' dèanamh plana nas brioghmhoire.

Thachair a' chùis a thog Cailean Beattie—nach robh luchd-obrach làn mhothachail mu bhuidh a' phlana leasachaidh agus na leasachaidhean a bh' ann—air sgàth cho mionaideach 's a bha am plana. Tha na sgrìobhainnean sin uile fosgailte agus tha cothrom aig an luchd-obrach am faicinn, ach tha tòrr mòr fiosrachaidh annta. Mar sin, tha sinn airson gluasad gu rud nas sìmplidh—

An Neach-gairm sealach: An e daoine a' dèanamh rudeigin ceàrr a b' adhbhar gun robh na mearachdan sin ann?

Shona NicIllinnein: 'S e.

An Neach-gairm sealach: A bheil thu a' tuigsinn carson—leis a' chonnsaid mu choileanadh a' bhùird agus na dùbhlain a tha romhpa—nach eil mearachdan a' nochdadh sa phlana leasachaidh dol a chuideachadh ann a bhith a' togail misneachd?

Shona NicIllinnein: Tha gu dearbh. Tha mi a' tuigsinn sin.

An Neach-gairm sealach: A bheil thu a' gabhail ris?

Shona NicIllinnein: Tha.

An Neach-gairm sealach: Tha an Dr Stewart Macleòid ag iarraidh a thighinn a-steach, agus mar sin le cead Cailean Beattie, thèid mi thuige.

Dr Stewart Macleòid (Bòrd na Gàidhlig): Mòran taing. Is dòcha gu bheil an ceannard air bruidhinn air a' phuig a tha mi a' dol a thogail an-dràsta. Ach, airson leantainn air a' cheist mu mhearachdan, bu chòir dhomh a ràdh, nam bheachd-sa, gun do thog an luchd-sgrùdadh a' chùis gus cur air shùilibh buill a' bhùird gun robh dleastanas orra a bhith a' sgrùdadh riaghladh agus na h-aithisgean a chuir an luchd-stiùiridh a-steach, agus airson mearachdan anns an fhiosrachadh a tha ga thoirt dhaibh a chomharrachadh.

Thug an luchd-sgrùdadh eisimpleir no dhà seachad de mhearachdan a bha iad air comharradh. Thug Shona NicIllinnein aon eisimpleir seachad; b' e fear eile ceann-latha air an deach rudeigin a chriochnachadh, agus cha b' e gun robhas a' ceasnachadh an deach an gnìomh a choileanadh, ach an robh an ceann-latha a chaidh a ghairm ceart. Chan eil mi ag ràdh nach eil sin cudromach, ach gur e puig mion-fhiosrachaidh a bh' ann seach casaid gun robh am fiosrachadh bunaiteach ceàrr no gun robh e a' stiùireadh buill a' bhùird air an rathad cheàrr.

An Neach-gairm sealach: A bheil fios agaibh dè na còig mearachdan a bha ann?

Dr Macleòid: Chan eil fios agam an deach a ràdh gun robh còig ann. Tha fios agam gun tug an luchd-sgrùdadh eisimpleirean seachad, ach chan eil mi cinnteach an tug iad liosta iomlan.

An Neach-gairm sealach: A bheil fhios agaibh air an liosta iomlan?

Dr Macleòid: Chan eil fhios agam a bheil liosta iomlan ann.

B' e a' phuig a chaidh a dhèanamh san aithisg sgrùdadh gum feum buill a' bhùird barrachd

cùraim a ghabhail gus sgrùdadh èifeachdach a dhèanamh, leis nach do thog buill a' bhùird mearachdan sam bith, agus bu chòir dhaibh a bhith air sin a dhèanamh. Chaidh eisimpleir no dhà de mhearachdan a thoirt seachad. Chan eil mi cinnteach an do rinn an luchd-sgrùdadh no duine sam bith eile liosta iomlan de mhearachdan.

An Neach-gairm sealach: A Dhr Mhicleòid, mar chathraiche air a' chomataidh sgrùdadh agus dearbhachd, is cinnteach, nuair a chaidh innse dhuibh gun robh mearachdan anns a' phlana leasachaidh, gun do rinn sibh ath-sgrùdadh orra agus gun do rinn sibh liosta de na bha ceàrr gus an ceartachadh. Mar sin, a' gabhail ris gun do rinn sibh sin—mar chathraiche na comataidh sgrùdadh is dearbhaidh—tha mi a' faighneachd dè na mearachdan a bh' ann agus cia mheud a bh' ann dhiubh?

Dr Macleòid: Mar a thuirt Shona NicIllinnein, chan eil liosta de mhearachdan againn.

Mar a chaidh a ràdh, stèidhich sinn buidheann-stiùiridh gus sùil a chumail air buileachadh a' phlana leasachaidh. Tha a' bhuidheann sin a' dol tro mhion-fhiosrachadh nan 72 moladh agus tron adhartas a tha ga dhèanamh orra. Tha a' bhuidheann-stiùiridh a' sgrùdadh a' mhion-fhiosrachaidh agus tha iadsan anns an t-suidheachadh as fheàrr airson aire a thoirt air dè cho pongail agus a tha e. Mar chathraiche na comataidh, bidh mi a' faighinn aithisg air sin, am measg mòran aithisgean eile. Is e aon de na cùisean a chomharraich an luchd-sgrùdadh gu bheil cus phàipearan aig comataidhean, agus gu bheil an raon de dhleastanasan a tha am bòrd a' coileanadh nas fharsainge, ann an cuid de dhòighean, na tha comasach do sgioba beag dèiligeadh riutha. Mar sin, tha e iomchaidh gum bi a' chomataidh againn ag amas air sgrùdadh agus dèanamh cho-dhùnaidhean ro-innleachdail, seach cùisean obrachaidh agus mion-fhiosrachadh.

An Neach-gairm sealach: Tha sibh air a ràdh gu bheil buidheann a' dèiligeadh ri sin, agus bidh fios aca air a' mhion-fhiosrachadh. Cò a tha na chathraiche air a' bhuidhinn sin?

Dr Macleòid: Tha ball den chomataidh sgrùdadh agus dearbhachd na cathraiche air a' bhuidhinn—tha i air a dèanamh an-àirde den chathraiche sin agus dà neach-obrach. Tha iad a' feuchainn gum bi an luchd-obrach a' cur barrachd ris a' bhuidhinn. Cha bhi mise a' suidhe air a' bhuidhinn sin, ach bidh mi a' faighinn aithisgean ràitheil bhuaipe agus bidh mi ann an conaltradh dìreach ris a' chathraiche, eadar coinneamhan.

An Neach-gairm sealach: Chan eil mi uile gu lèir cinnteach gu bheil na freagairtean agaibh dol a thogail misneachd. Leigidh mi le Adam Tomkins bruidhinn.

Adam Tomkins: Is e naidheachd gu math iongantach a tha seo.

Tha ceist bheag a bharrachd agam do Mhgr Johnston, air cùl nan ceistean sàr-mhath aig Cailean Beattie. Tha mi a' gabhail ris gum faicear adhartas anns an aithisg as ùire, ach is e adhartas a th' ann bho thoiseach gu math bochd. Tha Mgr Beattie gu tur ceart a ràdh gu bheil na mearachdan air a bheil sinn a' bruidhinn cho bunaiteach is gu bheil iad duilich a chreidsinn. Dè am beachd a th' aig Riaghaltas na h-Alba air carson a leigeadh leis an ìre a shaoilear iomchaidh tuiteam cho ìosal sa chiad àite? An e dìreach neo-chomasachd a th' ann, no a bheil rudeigin nas draghail air a chùl?

Pòl Johnston: Tha Riaghaltas na h-Alba mothachail gu bheil grunn dhuilgheadasan riaghlaidh air a bhith ann taobh a-staigh Bòrd na Gàidhlig. Agus tha mòran aca aithnichte. Gun teagamh, ge-tà, mhìnich sgrùdadh mionaideach 2018-19 gu soilleir raon farsaing de chùisean ris am feumar dèiligeadh. Tha mi air feuchainn ri dhèanamh soilleir, tro mo chom-pàirteachadh agus tro obair an sgioba taic maoinachaidh—agus le com-pàirt bho mhinistearan—gun robh feum againn air leasachadh luath agus susbainteach anns na cùisean a thogadh san aithisg sgrùdaidh. Tha mi a' gabhail ris gu bheil a' chomataidh a' cur fòcas air cuid de na cùisean as cudromaiche san aithisg a nochd o chionn ghoirid, ach ma choimheadas sinn air an aithisg sin gu h-iomlan, feumaidh sinn aideachadh gun deach adhartas mòr a dhèanamh.

Dh'ainmich mi na figearan sònraichte a thaobh leasachadh a bha san sgrùdadh, a tha a' sealltainn san fharsaingeachd gu bheil co-dhiù dà thrian de na gnìomhan a chaidh a thogail an-uiridh air an crìochnachadh. Buinidh sin ri raon-obrach iongantach—tha sinn air bruidhinn mu 72 gnìomh sa phlana leasachaidh.

'S e aon de na rudan a tha a' cur dragh orm gu bheil an àireamh sin fada ro àrd, agus gu bheil feum air gnìomhan nas ro-innleachdail. Mar sin tha mi a' cur fàilte air an obair a rinneadh gus dèanamh cinnteach nach tèid am Bòrd fodha ann am mion-fhiosrachadh na h-aithris air a' phlana leasachaidh, ach gu bheil iad soilleir mu na prìomh rudan a dh'fheumas Bòrd na Gàidhlig a dhèanamh—agus air an adhbhar sin tha am moladh ann gum biodh am plana leasachaidh air ath-sgrùdadh agus a sgioblachadh agus gus dèanamh cinnteach gum faigh am Bòrd aithisgean fìor cheart bhon phlana.

A thaobh nam beagan mhionaidean a chaidh seachad san deasbad an-diugh, tha mi a' gabhail ris, gun teagamh, gu bheil sinn airson gum bi a h-uile aithris uile gu lèir ceart, agus gum feum am Bòrd agus an sgioba-stiùiridh a bhith a' strì a dh'ionnsaigh sin. Ach, feumar aithneachadh gu

bheil na h-eisimpleirean a chaidh a thoirt seachad—leithid ceann-latha nach robh ceart—air èirigh air sgàth mearachd daonna, agus tha cunnart ann gun do thachair iad, ann am pàirt, air sgàth na bh' ann de stuth. Bu chòir dhuinn an stuth a sgioblachadh, fòcas a chur air na cùisean as cudromaiche agus, gu dearbh, sealltainn fìor dhealas a thaobh pongalachd ann a bhith ag aithris agus a thaobh am Bòrd a bhith a' cluich pàirt làidir ann an sgrùdadh an sgioba-stiùiridh.

10:15

An Neach-gairm sealach: Is cinnteach nach eil am Bòrd air a bhith a' dol fodha ann an ochd duilleagan deug. Is cinnteach gum faigh sibhse sgrìobhainnean de 18 duilleag a h-uile latha, agus an raon dleastanais agaibh cho farsaing. A bheil, dha rìreabh, Bòrd na Gàidhlig a' dol fodha ann an 18 duilleagan?

Pòl Johnston: 'S ann a tha sinn a' bruidhinn an seo air cliath-dhuilleagan a tha ag aithris gu mionaideach air adhartas ann an 72 gnìomh eadar-dhealaichte. Gu dearbh 's urrainn dhuinn dèiligeadh ri 18 duilleagan de stuth; 's e a' cheist a tha mi a' togail an e an fheum as fheàrr de dh'ùine a' bhùird a bhith a' coimhead gu mionaideach air na 72 gnìomh sin, agus am bu chòir dreuchd ro-innleachdail a bhith aca agus am bu chòir dhaibh a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil Bòrd na Gàidhlig a' libhrigeadh na h-obrach chudromaich a thaobh adhartachadh na Gàidhlig agus a cultar ann an Alba.

Bho shealladh sgioba taic maoinachaidh Riaghaltas na h-Alba, bu mhath leam, gun teagamh, na h-ìrean riaghlaidh, thar-shealladh agus fosgarrachd as àirde fhaicinn, ach 's e a tha mi an dùil bhon Bhòrd gum bi iad a' suidheachadh slighe air adhart, a' coimhead a-mach agus a' toirt seachad an ceannardas àrd-amasach a dh'fheumas sinn a thaobh brosnachadh cànan is cultar na Gàidhlig ann an Alba.

An Neach-gairm sealach: Tha mi ag aontachadh, ach feumaidh am Bòrd a' bhuidheann a stiùireadh cuideachd, nach fheum?

Pòl Johnston: Feumaidh gu dearbh.

An Neach-gairm sealach: Chan eil mi a' smaoinachadh gu bheil dragh mun Bhòrd a' dol fodha ann am pàipear na adhbhar iomchaidh airson mearachdan a bhith ann agus nach eil misneachd againn a thaobh mar a tha am Bòrd ag obair. Chan eil mi a' dol leis an argamaid sin idir. Bidh tusa a' dol fodha ann am fiosrachadh a h-uile latha, gu h-àraidh an-dràsta, le Covid, leis gu bheil raon dleastanais cho mòr agad. Chan eil mi deònach creidsinn gu bheil Bòrd na Gàidhlig a' dol fodha ann am plana leasachaidh nuair a tha e, gun teagamh, a' coimhead mar gu bheil e a' dol fodha ann am mion-fhiosrachadh mu bhuidheann

a tha a' fàilligeadh. Bu chòir sin a bhith na adhbhar dragh nas motha do Riaghaltas na h-Alba.

Tha na litrichean bhon cheannard a' dèanamh soilleir gu bheil sgioba taic maoineachaidh Riaghaltas na h-Alba a' faighinn pàipearan bùird is comataidh, ach nach bi iad a' frithealadh coinneamhan bùird tuilleadh. Carson nach eil Riaghaltas na h-Alba a' frithealadh coinneamhan bùird tuilleadh, leis gu bheil a' bhuidheann fhathast ann am pròiseas gluasaid gu èifeachdas?

Pòl Johnston: Iarraidh mi air Dùghlas Ansdell beagan a ràdh mu na bhios an sgioba taic maoineachaidh a' dèanamh. Bidh sinn a' feuchainn ri taic ghnìomhach a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig, ach tha cothromachadh cudromach ri lorg ann an obair an sgioba taic maoineachaidh. Tha e cudromach nach eil e a' coimhead mar gu bheil sinn a' mion stiùireadh a h-uile rud beag biodach, no a' gabhail cus gnothaich ris na bhios am Bòrd a' dèanamh. Air an adhbhar sin, is e ar dleastanas gu ìre mhòr a bhith a' faighinn phàipearan agus a bhith ri conaltradh leantainneach leis a' cheannard agus an cathraiche. Bidh co-obrachaidh san sgioba agam a' bruidhinn gu cunbhalach ris a' chathraiche agus an ceannard agus a' toirt fiosrachadh don chathraiche a thaobh nan ceumannan sònraichte a thèid aontachadh air am bi i a' cuimseachadh.

Tha tòrr obrach mhionaidich a' tachairt, ach chan eil sin, aig an àm seo, a' ciallachadh gum bi sinn a' suidhe tro choinneamhan comataidh. Iarraidh mi air Dùghlas Ansdell beagan a bharrachd a ràdh mu na tha an obair againn a' ciallachadh.

Dùghlas Ansdell (Riaghaltas na h-Alba): Tha dà dhleastanas againn. Bidh sinn a' suidhe còmhla ri Bòrd na Gàidhlig anns an dreuchd taic maoineachaidh agus bidh sinn ag obair gu dlùth leotha air grunn raointean poileasaidh agus prògraman. Saoilidh mi gun deach a ràdh ann an sgrùdadh 2018-19 nach robh crìochan soilleir; air an adhbhar sin, sgair sinn a bhith a' frithealadh coinneamhan comataidh agus coinneamhan bùird. Ach, tha an dàimh fhathast dlùth. Bidh sinn a' faighinn phàipearan agus bidh coinneamhan ràitheil againn. Tha sinn a' conaltradh ri Bòrd na Gàidhlig gu cunbhalach air a h-uile càil, agus faodaidh sinn pàipearan fhaighinn bho choinneamhan.

Tha na raointean poileasaidh agus prògraman susbainteach. Tha sinn an sàs ann am foghlam, na h-ealain Ghàidhlig, foillseachadh Gàidhlig agus cùisean coimhearsnachd, agus mar sin tha an dàimh làidir agus dlùth. Eadhon ged nach bi sinn a' frithealadh coinneamhan bùird, tha ìre àrd de chom-pàirteachadh ann fhathast.

An Neach-gairm sealach: Cuin a sgair sibh a dhol gu coinneamhan bùird?

Dùghlas Ansdell: Sgair sinn a dhol gu coinneamhan bùird nuair a thàinig a' chiad dreuchd de dh'aithisg 2018-19 Deloitte a-mach. Chaidh innse dhuinn gun robh beachdan san aithisg sin mu chrìochan neo-shoilleir, agus mar sin sgair sinn a fhrithealadh. Cha robh sinn an làthair aig a h-uile coinneamh bùird no a h-uile coinneamh comataidh, ach bha sinn ann mar luchd-amhairc.

An Neach-gairm sealach: An robh sin ron aithisg sin?

Dùghlas Ansdell: Bha.

An Neach-gairm sealach: Chuir an aithisg sin an ceòl air feadh na fìdhle.

Dùghlas Ansdell: Thug an aithisg rudan dhuinn uile air am b' fheudar dhuinn beachdachadh gu dlùth.

An Neach-gairm sealach: Bhon a chuir an aithisg sin an ceòl air feadh na fìdhle, thàinig piseach air a' ghnòthach, agus mar sin shaoilinn gu bheil Riaghaltas na h-Alba air barrachd gnothaich a ghabhail ann an cùisean seach seasamh air ais. A bheil sin ceart?

Dùghlas Ansdell: Tha ìre eadar-dhealaichte de dh'eadar-theachd agus obair com-pàirteachais air a bhith ann.

An Neach-gairm sealach: “eadar-dhealaichte”—abair thusa facal math na seirbheis catharra. Leis na bha san aithisg ann an 2018-19, an deach barrachd eadar-theachd no nas lugha de dh'eadar-theachd a dhèanamh?

Dùghlas Ansdell: Tha mi fhathast a' smaoinichadh—

An Neach-gairm sealach: Am bu chòir dhuinn a ràdh gu bheil com-pàirteachadh nas dèine air a bhith ann leis a' bhòrd bho 2018-19, mura h-eil sinn airson a ràdh gu bheil barrachd eadar-theachd air a bhith ann?

Dùghlas Ansdell: Tha com-pàirteachadh nas dèine air a bhith ann, agus com-pàirteachadh aig diofar irean.

An Neach-gairm sealach: Bhon a tha com-pàirteachadh nas dèine air a bhith ann, chan eil Riaghaltas na h-Alba air coinneamhan bùird a fhrithealadh.

Dùghlas Ansdell: Tha sin ceart.

An Neach-gairm sealach: Seadh ma-thà.

A Mhàiri NicAonghais, mar chathraiche a' bhùird, a bheil sibhse “a' dol fodha” ann am mion-fhiosrachadh?

Màiri NicAonghais: Chan eil, chan eil mi a' faireachdainn gu bheil mi a' dol fodha, ach tha mi a' faireachdainn gu bheil tòrr obrach ann. Bha mi

nam chathraiche eadar-amail nuair a chaidh an sgrùdadh a dhèanamh tràth ann an 2019. Bha mi nam chathraiche eadar-amail chun a' Mhàirt am-bliadhna, nuair a chaidh mo chur an dreuchd mar neach-cathrach maireannach.

Cho luath 's a fhuair sinn an dreachd aithisg, stèidhich mi buidheann-obrach de bhuill a' bhùird. Nam dhreuchd roimhe, bha mi nam cheannard-sgoile, agus mar sin tha mi a' tuigsinn cho cudromach agus cruaidh 's a tha aithisgean sgrùdaidh agus nas urrainn dhaibh a dhèanamh air sgiobaidhean agus coimhearsnachdan.

Bha mi mothachail gun robh an Ceannard air a bhith a' gluasad a' chlàr leasachaidh air adhart gu mòr. Bha Shona NicIllinnein air a bhith san dreuchd airson bliadhna gu leth aig an àm sin. Bha i air tuigsinn, agus air innse dhuinn, gun robh feum air atharrachadh. Chaidh am plana leasachaidh a thoirt gu buil. Cha robh an naidheachd sin furasta a chluinntinn, ach gu sgiobalta fhuair sinn ar bòrd còmhla agus choimhead sinn air mar a ghluaiseadh sinn air adhart, mar choimhearsnachd.

Buinidh obair Bòrd na Gàidhlig ri raon farsaing de chùisean. 'S e cùisean gu math toinnte a th' ann an dealbhadh agus leasachadh cànan. Tha daoine air a' Bhòrd a' tighinn bho na diofar choimhearsnachdan far a bheil Gàidhlig air a h-àrach agus air a leasachadh, agus tha mòran neartan annta. Ach, aig an àm sin, cha robh riaghladh na phrìomh neart anns a' bhòrd.

Thairis air na mìosan anns an deach am plana leasachaidh a bhuileachadh, stiùir mi trèanadh agus leasachadh airson buill a' bhùird. Tha bòrd agus àrd-sgioba stiùiridh nas èifeachdaiche againn a-nis. Tha bòrd cuimsichte againn agus tha sinn air ath-sgrùdadh a dhèanamh air structar nan comataidhean, agus tha sinn ag obair mar bhuidheann nas ro-innleachdail. Tha tuigse shoilleir againn air mar a bhios sinn ag obair le Riaghaltas na h-Alba. Tha taic mhath, dhealasach againn cuideachd bho Mhgr Swinney, a tha na mhinistear le uallach airson a' bhùird. Anns an obair a rinn sinn ann an coimhearsnachdan Gàidhlig a thaobh coimhearsnachd a thogail agus buidhnean eile a stiùireadh, gu sònraichte tron ghlasadh-sìos, tha sinn air a bhith glè fhortanach gu bheil Bòrd na Gàidhlig cho làidir 's a tha e an-dràsta.

Chan e slighe fhurasta a bh' ann; 's e obair chruaidh a th' ann an leasachadh leantainneach, ach tha tòrr eòlais agam air sin. Tuigidh mi cuideachd gum bi mearachdan a' tachairt agus ag adhbharachadh dhuilgheadasan, ach 's ann mar sin a bha cùisean a-riamh. Tha sinn a' gabhail ris an aithisg agus a h-uile càil a tha innte, agus tha sinn a' gabhail ris gur e slighe a th' ann an leasachadh. Mar a thuirt Shona NicIllinnein, 's e obair latha tòiseachadh, ach tha leasachadh na

phròiseas leantainneach agus fad-beatha. Tha mi a' gabhail gu tur ris na chaidh a ràdh rinn an-diugh, ach tha mi cinnteach gu bheil am Bòrd ann an àite tòrr nas làidire a-nis na bha e 18 mìosan air ais.

An Neach-gairm sealach: Mar chathraiche a' bhùird, feumaidh gun robh sibh air leth duilich gun robh mearachdan anns a' phlana leasachaidh.

Màiri NicAonghais: Bha, gu dearbh. Ach, mar a thuirt an Dr Macleòid, tha stiùir gu math làidir agam air an obair fhèin. Mar sin, ged a bha mearachdan agus mearachdan daonna ann, tha mi cinnteach gu bheil dòigh-obrach làidir aig cathraiche na buidhne leasachaidh a thaobh nan leasachaidhean.

An Neach-gairm sealach: Tha mi toilichte a chluinntinn nach eil thu a' dol fodha.

Cailean Beattie: Feumaidh mi a ràdh nach eil an aithisg a' nochdadh na tha mi a' cluinntinn, gu sònraichte an co-cheangal ri neo-phongalachd agus mearachdan daonna. Tha sinn a' bruidhinn mu dheidhinn neo-phongalachd, sgrìobhainnean lochdach agus sgrìobhainnean a dhìth. Tha e na adhbhar dragh dhomh gun tuit an luchd-sgrùdaidh:

"Tha sinn air a bhith gu sònraichte draghail mu fhios a thug an luchd-stiùiridh don Bhòrd ag ràdh gun robh co-dhùnaidhean agus molaidhean sgrùdaidh 2018/19 lochdach agus gun do chuir comhairle neo-eisimeileach eile nan aghaidh. Mar a chaidh a mhineachadh tron aithisg seo, cha robh seo fìor."

Dhòmhsa, tha sin a' sealltainn gu bheil na mearachdan agus am fiosrachadh a tha a dhìth a' dol fada nas fhaide. Cò às a thàinig sin? Cò tha ag ràdh gun robh an aithisg earrainn 22 lochdach? Tha sin a' coimhead mar oidhirp air dreach glan a chur air cùisean gus coltas nas fheàrr a thoirt orra. Nochd an aithisg sin an dearbh fhirinn sin. Nam bheachd-sa, tha sin gu math dona.

Shona NicIllinnein: Chan eil an t-iomradh an sin air aithisg earrainn 22, no air an aithisg riaghlaidh agus fosgarrachd gu lèir; 's e th' ann, tha mi a' creidsinn, iomradh air an riatanas a' bhuidheann a thar-chur gu Coimiseanair Bhuntomhasan Beusail ann am Beatha Phoblach na h-Alba.

Cha robh ceist sam bith ann nach gabhadh sinn gu h-iomlan ris an aithisg earrainn 22 agus na fhuair i a-mach, no ris na toraidhean aig gin de na h-aithisgean sgrùdaidh.

Cailean Beattie: Cha b' e sin a thuirt an luchd-sgrùdaidh. Thuirt iad gun deach misneachd ann an càileachd sgrùdaidh a lagachadh.

Shona NicIllinnein: 'S e a tha mise a' tuigsinn gu bheil sin a' bruidhinn air cùis shònraichte far an robh an luchd-sgrùdaidh ag iarraidh oirnn ar tar-chur fhèin mar bhuidheann chun a' Choimiseanair

Bhun-tomhasan Beusail ann am Beatha Phoblach na h-Alba. Chunnaic an luchd-sgrùdaidh a' chiad phost-d a chuir mi chun a' choimiseanair, oir bha mi airson dèanamh cinnteach à follaiseachd agus gun robh mi a' coileanadh a' mhòlaidh aca.

B' e freagairt oifis a' choimiseanair nach b' urrainn dhaibh beachd a thoirt seachad air cùis bharaileach. Bhruidhinn sinn an uair sin ris an luchd-sgrùdaidh mun ghnothach. Mhol mi gun cuireadh sinn fiosrachadh a bharrachd gu oifis a' choimiseanair agus gun deigheadh lethbhreac dheth a thoirt don luchd-sgrùdaidh, gus dèanamh cinnteach gun robh sinn uile air an aon ràmh. Thuirt iad nach leigeadh sinn a leas sin a dhèanamh. Lean mise air adhart mar a chaidh mo chomhairleachadh. Chomhairlich iad còmhraidhean a bhith againn, agus bha còmhraidhean againn. Lean oifis a' choimiseanair ag ràdh nach fheumadh sinn dad a dhèanamh.

'S e mo thuigse gu bheil na tha sibh ag ràdh a' buntainn ris a' chùis shònraichte sin. Tha sinn air a ràdh an-còmhnaidh gu bheil an aithisg sin air leth duilich agus dùbhlach, ach gu bheil sinn a' gabhail ris gu h-ìomlan agus gu bheil sinn dealasach gus na molaidhean a chur an gnìomh. Tha sinn san aon beachd mun Aithisg Earrainn 22. Tha sinn ga meas cudromach dha-rìribh. Chan eil sinn ag ràdh gu bheil an aithisg sgrùdaidh lochdach—chan eil idir. Tha sinn air leantainn oirnn a' co-obrachadh leis an luchd-sgrùdaidh ann an dòigh a tha ag amas air atharrachadh agus leasachadh, agus tha iad air a bhith taiceil dhuinn a thaobh sin.

Cailean Beattie: Feumaidh mi a ràdh, bho bhith a' leughadh na h-aithisg, gu bheil e a' faireachdainn eadar-dhealaichte—tha coltas ann gu bheil dragh mòr air an luchd-sgrùdaidh mu mhiseachd ann an càileachd sgrùdaidh, agus tha iad air a bhith a' feuchainn ri dèiligeadh ri sin.

Fàgaidh mi an sin e an-dràsta.

10:30

An Neach-gairm sealach: Shona NicIllinnein, a bheil thu a' gabhail ris nach eil tar-chur chun Choimiseanair airson Bhun-tomhasan Beusach ann am Beatha Phoblach àbhaisteach?

Shona NicIllinnein: Gu dearbh.

Ailig Neil (Àrd-Ruigh agus Shotts) (SNP): Tha mi airson a dhol air ais gu Pòl Johnston agus Dùghlas Ansdell. A bheil mi ceart ann a bhith ag ràdh gur e pàirt de dh-leastanas roinn maoineachaidh a bhith a' cumail sùil air coileanadh nam buidhnean a tha a' faighinn taic?

Pòl Johnston: Tha, tha sin na phàirt den dreuchd.

Ailig Neil: Carson, ma-thà, nach do rinn Riaghaltas na h-Alba eadar-theachd mòran na bu thràithe? Carson a dh'fhuirich sibh gus an deach Bòrd na Gàidhlig cho troimh-a-chèile mus do rinn sibh dad ma dheidhinn? Gu dearbh, tha e coltach nach do rinn Riaghaltas na h-Alba dad mu dheidhinn an toiseach—tha e coltach gur e an ceannard a ghabh stiùir air cùisean. Càite an robh Riaghaltas na h-Alba? Carson nach robh sibh a' cumail sùil air coileanadh agus a' faicinn na bha a' tachairt?

Pòl Johnston: Bha sinn air a bhith ag obair gu dlùth leis a' bhuidhinn fada mus tàinig na sgrùdaidhean am follais. Bha sinn air taic a thoirt dhaibh ann an grunn dhòighean; faodaidh Dùghlas Ansdell barrachd a ràdh mu dheidhinn sin. Ach, tha mi a' gabhail ris gu bheil an raon cùisean a chaidh a shònrachadh san sgrùdadh gu cinnteach a' sealltainn gun robh feum air leasachadh gu luath, agus air barrachd com-pàirt bho Riaghaltas na h-Alba anns na cùisean sin.

Faodaidh Dùghlas Ansdell a ràdh dè bha sinn a' dèanamh mus tàinig an sgrùdadh.

Dùghlas Ansdell: Ron sgrùdadh 2018-19, bha gnìomhan leasachaidh air an stèidheachadh. Bha comataidh dhaoine aig Bòrd na Gàidhlig a' coimhead air cùisean iomagain. Bha sinn ag obair gu dlùth leis a' chathraiche agus an ceannard aig an àm sin. Bha gnìomhan a' tachairt agus bha adhartas ga dhèanamh ro chomataidh Deloitte. Bha an cathraiche aig an àm air grunn cheumannan a chur an sàs gus gluasad air adhart agus piseach a thoirt gu buil aig Bòrd na Gàidhlig.

Ailig Neil: Ann an seagh, nach eil sin ga dhèanamh nas miosa? Tha e soilleir gun deach a' bhuidheann fhàgail gus an robh iad aig ìre èiginn mus deach dad a dhèanamh ma dheidhinn. Is cinnteach gun robh còir aig Riaghaltas na h-Alba a bhith nas cinntiche, a dhol an sàs mòran na bu tràithe, a' coimiseanadh na h-aithisg neo-eisimeilich fada mus deach a coimiseanadh.

Anns na faclan toiseachaidh aice, chomharraich an cathraiche gur i an seachdamh cathraiche ann an 14 bliadhna. Chitheadh duine le leth shùil gur e sin comharradh air buidheann nach eil ag obair mar bu chòir. Thuiginn-sa sa bhad a' faicinn gur e dà bhliadhna an ùine chuibheasach aig neach-cathrach gun robh rudeigin ceàrr. Nach tàinig e a-steach idir air duine sam bith ann an Taigh Naomh Anndrais gun robh an duilgheadas tòrr na bu mhotha?

Chan eil sinn a' bruidhinn mu bhith a' toirt taic do bhuidheann a tha cho mòr ri Google no Amazon. Bidh Bòrd na Gàidhlig a' tionndadh còrr is £5 millean sa bhliadhna. Carson nach do chuir cuideigin aghaidh a' bhuinn ris a' bhathais airson rudeigin a dhèanamh fada mus deach cùisean a dholaidh? Ma bha sibh an sàs ann, tha sin nas

miosa buileach—tha e a' ciallachadh gun robh sibh ag obair leis a' bhuidhinn agus nach do thuig sibh cho mòr 's a bha an èiginn. Carson nach deach sibh chun mhinistear a ràdh gun robh buidheann agaibh a bha ann an èiginn—no an impis èiginn—agus nach robh e ag obair ceart, agus gum feumadh sibh rudeigin a dhèanamh ma deidhinn?

Pòl Johnston: Le bhith a' dol air ais tro eachdraidh na buidhne, tha sibh ceart an t-uiread chathraichean a chomharrachadh; tha grunn cheannardan air a bhith ann cuideachd. Aig diofar amannan na h-eachdraidh—gu dearbh, fad a h-eachdraidh—bha Riaghaltas na h-Alba a' feuchainn ri taic agus seasmhachd a thoirt don sgioba, le diofar ìrean soirbheachais. Tha amannan air a bhith ann far a bheil mi a' smaoinneachadh gun robh seasmhachd ann agus gun robh a' bhuidheann ag obair gu rèidh, agus amannan eile far an robh mòran neo-sheasmhachd ann.

'S e aon de na beachdan a th' agam bho bhith a' coimhead gu faiceallach air an sgrùdadh agus na chaidh a dhèanamh sa bhliadhna a dh'fhalbh—tha sinn a' faicinn seo ann am buidhnean eile—dìreach cho deatamach 's a tha e tasgadh a dhèanamh ann an leasachadh ceannardais, agus ann a bhith a' toirt fìor aire air na cùisean daonna agus dàimh mun cuairt oirnn.

Anns a' bhliadhna a dh'fhalbh, tha Bòrd na Gàidhlig air tasgadh mòr a dhèanamh ann a bhith a' cruthachadh sgioba ceannardais aonaichte; bha feum aig sin air sùil gheur a thoirt air. Tha e air tasgadh gus dèanamh cinnteach gu bheil am Bòrd soilleir mu na dleasan agus na dreuchdan aca agus gu bheil iad ag obair gu h-èifeachdach leis an sgioba-stiùiridh. Is e sin cuid de na cùisean feumach air aire, a bha aig amannan air a dhol tro eadar-theachd. Tha an t-eadar-theachd thairis air a' bhliadhna gu 18 mìosan a chaidh seachad air a bhith seasmhach agus dian, agus tha e air a bhith èifeachdach, ged a tha mi ag aithneachadh gu bheil barrachd ri dhèanamh.

Ailig Neil: A Phòil, chan eil aon fhacal de sin a' freagairt mo cheist. Carson nach do chuir sibh aghaidh a' bhuinn ris a' bhathais? Carson nach do rinn sibh rudeigin na bu luaithe, mus deach a' bhuidheann ann an èiginn uile gu lèir? Thuirt sibh gun robh sibh gu mòr an sàs agus gun robh sibh a' bruidhinn ris na diofar chathraichean agus na ceannardan. Ma bha sibh a' dèanamh na bha sin, is cinnteach gun robh sibh mothachail gum feumadh a' bhuidheann tòrr a bharrachd air beagan eadar-theachd no crìochan neo-shoilleir. Cha bu chòir gun robh crìochan neo-shoilleir ann idir; bu chòir dhuibh a bhith air aghaidh dheimhinnte a chur ris a chùis agus cantainn, "Feumaidh sinn a' bhuidheann seo a chur ceart." Ge bith dè an t-adhbhar—ge bith an e toradh

droch riaghlaidh no droch smachd a-staigh a th' ann—is cinnteach, ma tha sibh ag obair mar an roinn taic, gur e an obair agaibh siostam rabhaidh thràth a bhith agaibh gus an urrainn dhuibh rudeigin a dhèanamh mus nochd cùis èiginn.

Tha e soilleir bho Aithisg Earrainn 22 gun robh a' bhuidheann ann an èiginn airson ùine, ach nach robh dad a' tighinn bho Riaghaltas na h-Alba. A bheil nota ann a chaidh do mhinistear ron aithisg earrainn 22 a' toirt rabhadh don mhinistear mu cho dona 's a bha cùisean aig a' Bhòrd?

Pòl Johnston: Dh'fheuch mi ri—

Ailig Neil: Tha no chan eil—a bheil nota ann den leithid?

Pòl Johnston: Saoilidh mi gu bheil, ach leig dhomh iarraidh air Dùghlas Andsell sin a dhearbhadh.

Ailig Neil: Am b' urrainn dhuinn lethbhreac den nota sin fhaighinn, mas e bhur toil e?

Pòl Johnston: Is urrainn dhomh gu cinnteach an t-iartas sin a dhèanamh.

Ailig Neil: Tha sinn ag iarraidh lethbhreac dheth. Chan e iartas a tha sin ach àithne—tha sinn ag iarraidh lethbhreac. Tha sinn airson an fhianais fhaicinn.

Dùghlas Andsell: Aig a h-uile ìre, chùm sinn làn fhios aig ministearan mu na bha a' tachairt. Ma—

Ailig Neil: Tha mi duilich briseadh a-steach, ach dè an gnìomh a mhol sibh don mhinistear?

Dùghlas Andsell: Tha mi dìreach a' tighinn chun sin. Sheall sinn ris na beachdan a bha a' tighinn thugainn san Riaghaltas, a bha glè choltach ris na beachdan a sibh a' cur an cèill an-dràsta. B' e a' chomhairle a fhuair sinn gun robh na beachdan sin glè mhath ach nach deach gearan sònraichte a thogail no a chlàradh.

Ailig Neil: Nuair a chanas tu, "na beachdan sin", cò bhuaithe a thàinig na beachdan sin?

Dùghlas Andsell: Fhuair sinn beachdan a thàinig chun Riaghaltais.

Ailig Neil: Cò bhuaithe?

Dùghlas Andsell: Bha iad bho phàrtaidhean neo-eisimeileach; uaireannan gun urra.

Ailig Neil: Agus fhathast cha do rinn sibh dad.

Dùghlas Andsell: Cha do rinn. Mas urrainn dhomh a dhol air adhart, b' e a' chomhairle a fhuair sinn gun robh a pròiseasan fhèin aig a' bhuidhinn airson dèiligeadh ri gearanan agus cùisean. [*Stad sa ghnothach.*] Tha mi duilich, a bheil rudeigin ceàrr?

An Neach-gairm sealach: Chan eil. Bha mi dìreach ag innse do Mhgr Neil gu bheil e a' coimhead air falbh bhon mhaicreafòn agus gum bu chòir dha tionndaidh thuige.

Dùghlas Andsell: B' e an gnothach eile ris an robh sinn a' dèiligeadh aig an àm nach robh cùisean sònraichte sam bith ann air am faodadh sinn coimhead a thaobh eadar-theachd no beachdachadh; bha ceumannan ann ris am feumadh a' bhuidheann dèiligeadh. Tha sin a' cur n ah-aithisg earrainn 22 ann an co-theacsa nas fharsainge de leasachadh is adhartas, agus ged a bha duilgheadasan ann bho 2018 agus 2019, cha bhithinn airson gum biodh a' chomataidh a' call sealladh air co-theacsa nas fharsainge de leasachadh is adhartas.

Mar fhreagairt don chiad cheist aig Ailig Neil, chùm sinn làn fhiosrachadh do mhinistearan agus bhruidhinn sinn gu gnìomhach air na cùisean sin leis a' chathraiche agus an ceannard.

Ailig Neil: Seo an co-dhùnadh agamsa: thug daoine eile rabhadh dhuibh mun èiginn anns an robh Bòrd na Gàidhlig, choimhead sibh air agus cho-dhùin sibh nach robh dad ann a b' urrainn dhuibh a dhèanamh agus gur e cùis a-staigh a bh' ann don bhòrd, a bha mar-thà ann an èiginn, agus thuir sibh ri ministearan nach robh dad ann a b' urrainn dhaibh a dhèanamh ma dheidhinn. Tha e coltach gur e sin a thachair.

Tha dà cheist agam air sin. An toiseach, an dèidh dhuibh an aithisg earrainn 22 a leughadh, a bheil sibh den bheachd gur e sin an gnìomh ceart? San dàrna àite, an urrainn dhuinn lethbhreac de na beachdan gun urra a fhuair sibh agus lethbhreac de na geàrr-chunntasan gu ministearan a' moladh gun gnìomh sam bith a ghabhail?

Pòl Johnston: Nì mi nas urrainn dhomh gus gach rud as urrainn dhuinn a thoirt don chomataidh, agus mar sin 's e an fhreagairt gun urrainn, bheir mi dhuibh nas urrainnear.

Ailig Neil: Fo earrann 23 den Achd Ionmhas Poblach is Cunntachalachd (Alba) 2000, tha còir aig a' chomataidh air a h-uile comhairle fhaicinn. Feumaidh sinn slighe sgrùdaidh a stèidheachadh gus faicinn cuin a dh'fhàs an suidheachadh gu bhith èiginneach, cò a rinn dè, dè na bh' ann de fhiosrachadh a bha ri fhaighinn leis an Riaghaltas mun èiginn a bha ag èirigh agus dè a' chomhairle a fhuair ministearan.

An Neach-gairm sealach: A Phòil Johnston, an urrainn dhuibh barrachd innse dhuinn mu na gearanan gun urra?

Pòl Johnston: Chan eil mi cinnteach gu bheil mòran a bharrachd ann ri ràdh na tha Dùghlas Andsell air a ràdh mar-thà, 's e sin gun do thog àireamh bheag de dhaoine, mar a tha mi ga thuigsinn, draghan. Bha aon, is dòcha, gun urra,

agus chaidh a dhà a thogail fo ainm cuideigin. Bha na draghan sin mu dhiofar eileamaidean de choileanadh Bòrd na Gàidhlig. Timcheall air an àm, no dìreach roimhe—

An Neach-gairm sealach: An robh iad bho bhuill a' bhùird?

Pòl Johnston: Cha robh, chan eil mi a' smaoineachadh gur ann bho bhuill a' bhùird a bha iad. Faodaidh Dùghlas Andsell mo cheartachadh ma tha mi ceàrr.

Dùghlas Andsell: Cha b' e buill a' bhùird a bh' ann.

An Neach-gairm sealach: Luchd-obrach?

Dùghlas Andsell: Cha b' e.

An Neach-gairm sealach: Daoine a bha ag eadar-obrachadh le Bòrd na Gàidhlig?

Dùghlas Andsell: B' e.

An Neach-gairm sealach: Luchd-foillseachaidh dhraghan (*whistleblowers*) ma-thà.

Pòl Johnston: Saoilidh gur e a' chomhairle a fhuair sinn nach b' e foillseachadh dhraghan a bh' ann an dad dhe sin; ach daoine a' cur dragh an cèill mu riaghladh agus stiùireadh na buidhne.

An Neach-gairm sealach: Tha e coltach gun robh na daoine a thog na draghan sin ceart.

Pòl Johnston: Gun teagamh nì sinn cinnteach gum faic a' chomataidh mion-fhiosrachadh nan draghan, ach an gnìomh leasachaidh air a bheil sinn a' bruidhinn—

An Neach-gairm sealach: Tha mi duilich, tha mi airson rudeigin a shoilleireachadh. Na beachdan seo—a thàinig bho dhithis agus tha fios agaibh cò iad; bha aon gun urra—rinneadh iad ro aithisg Deloitte. Tha fios againn bho cheasnachadh Ailig Neil gun deach comhairle gu ministearan "às nach tàinig buil"—tha mi a' smaoineachadh gur e sin na dearbh fhaclan aig Mgr Andsell—a' ciallachadh nach robhar den bheachd gun robh susbaint sam bith ann dhaibh no gun gabhadh dad sam bith a dhèanamh.

Thàinig aithisg Deloitte a-mach an uair sin, agus dhearbha i dè na gearanan a bha sin. Bha an luchd-gearain—dithis ainmichte agus aon gun urra—ceart, nach robh?

Pòl Johnston: Chan eil mion-fhiosrachadh nan gearanan romham, agus mar sin chan urrainn dhomh a ràdh—

An Neach-gairm sealach: Thuir thu gun robh iad mu dheidhinn cùisean riaghlaidh agus ceannardais, agus mar sin bha iad ceart: bha duilgheadasan riaghlaidh agus ceannardais ann.

Pòl Johnston: Tha mi a' gabhail gu h-ìomlan ris an raon de chùisean a thog Deloitte, agus 's iad

sin na cùisean air an do chuir a' bhuidheann aghaidh. Mas math mo chuimhne, bha cuid, is dòcha, de na draghan a chaidh a thogail anns na litrichean sin nach do nochd anns na thuirt Deloitte a dh'fheumadh fuasgladh.

An Neach-gairm sealach: Uill, tha sinn a' coimhead air adhart ris na litrichean fhaighinn agus a' chomhairle do mhinistearan, an fhreagairt a fhuair sibh air ais agus an conaltradh a chaidh an uair sin gu Bòrd na Gàidhlig. Tha sinn a' coimhead air adhart ri bhur làn fhosgarrachd, a Mhgr Johnston.

Graham Simpson (Meadhan na h-Alba) (Tòr): Bu mhath leamsa leantainn air sin. Tha na chuala sinn gu ruige seo an-diugh iongantach.

Bha dhà de na gearanan gun urra; Tha mi a' dèanamh dheth gun urrainn dhuibh innse dhuinn cò rinn iad.

Pòl Johnston: Is dòcha gu bheil am fiosrachadh sin aig Dùghlas Ansdell. Dh'fhaodte gun deach cuid de na gearanan a chur a-steach ann an diomhaireachd. Mar sin, le cead na comataidh, b' fheàrr leam a' cheist sin a thoirt air falbh agus comhairle a shireadh air nas urrainn dhomh fhoillseachadh. Chan eil mi airson prìobhaideachd a bhriseadh le bhith a' freagairt ceist ann an cabhag an-diugh.

An Neach-gairm sealach: Tha mi ag aontachadh leis an dòigh-obrach sin, a Mhgr Johnston.

Pòl Johnston: Tapadh leibh.

Graham Simpson: Tha sin ceart gu leòr.

A Mhgr Ansdell, 's e an dreuchd agaibh ceannard sgioba na Gàidhlig agus Scots ann an Riaghaltas na h-Alba. Dè cho mòr 's a tha an sgioba sin?

Dùghlas Ansell: Tha còignear san sgioba.

Graham Simpson: Tha e soilleir gu bheil sibh air seachran beagan nuair a thig e gu Bòrd na Gàidhlig; cha do chùm sibh srian air na bha, a rèir choltais, na chùis uabhais.

Thug Ailig Neil iomradh air figear de £5 millean mar chosgais Bòrd na Gàidhlig. Tha e air a bhith duilich dhomh am figear sin a lorg, leis an fhìrinn innse, agus bha am figear as ùire a chì mi beagan nas àirde. Am b' urrainn do dhuine sam bith dearbhadh dè na cosgaisean ruith bliadhna a th' aca?

Dùghlas Ansell: 'S e an tabhartas mar thaic bhliadhnail do Bhòrd na Gàidhlig £5.179 millean. Tha am figear airson cosgais ruith, a tha air a liostadh anns an litir tabhartais mar thaic, beagan a bharrachd air £1.6 millean.

Graham Simpson: An e sin £1.6 millean a bharrachd air £5.179 millean?

Dùghlas Ansell: Chan e. Tha an £1.6 millean na phàirt den £5 millean.

10:45

Graham Simpson: Ceart. Dè na toraidhean ris a bheil dùil agaibh bhon £5 millean sa bhliadhna?

Dùghlas Ansell: Tha raon farsaing de ghnìomhan agus dhleastanasan aig Bòrd na Gàidhlig, a' gabhail a-steach gnìomhan reachdail fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, gnìomhan a tha susbainteach. Bidh e a' stiùireadh agus a' maoinachadh lionra de bhuidhnean Gàidhlig a bhios ag obair ann an diofar raointean: a h-uile càil bho fhoillseachadh agus na h-ealain Ghàidhlig gu foghlam Gàidhlig agus goireasan airson tidsearan agus daoine òga.

Tha am bòrd cuideachd an sàs ann an iomadh pròiseact agus iomairt, chan e a-mhàin pròiseactan coimhearsnachd beaga ach iomairtean a tha a' toirt a-steach a bhith ag obair le buidhnean mòra poblach ann am beatha phoblach na h-Alba. Tha grunn chom-pàirteachasan ann leis am bi e ag obair gu h-èifeachdach gus a' Ghàidhlig a bhrosnachadh. Tha àite aige cuideachd a thaobh inbhe na Gàidhlig, agus bruidhinn às leth math na Gàidhlig agus a' choimhearsnachd Ghàidhlig. Tha dleastanas tagraidh aige ann a bhith a' riochdachadh na Gàidhlig ann am beatha phoblach—

Graham Simpson: Tha mi duilich—'s e tha mi a' feuchainn ri lorg mar a bhios sinn a' tomhas coileanadh Bòrd na Gàidhlig. Ann am buidheann sam bith—gu sònraichte buidheann a chosgais £5 millean de dh'airgead poblach—feumaidh targaidean a bhith ann. Dè na targaidean a chaidh a shuidheachadh, agus ciamar as urrainn dhuinn coileanadh a mheasadh a rèir nan targaidean sin? Is dòcha nach eil an Riaghaltas a' dèanamh sin, ach bhithinn an dòchas gu bheil.

Dùghlas Ansell: Tha mi an dùil gum biodh mo cho-obraichean aig Bòrd na Gàidhlig toilichte fios a thoirt seachad air sin. Tha plana nàiseanta ann airson na Gàidhlig, agus tha plana corporra aig a' bhòrd a bharrachd air plana buileachaidh air adhartas leis na prìomhachasan sa phlana nàiseanta.

Graham Simpson: A bheil duine sam bith airson bruidhinn air sin?

An Neach-gairm sealach: Bheir mi a-steach Shona NicIllinnein. Saoidh mi gur e na tha Mgr Simpson a' faighneachd dè na prìomh chomharran coileanadh a thig bhon sgioba maoinachaidh.

Graham Simpson: Sin e dìreach.

An Neach-gairm sealach: Shaoilinn gum biodh fios aig an sgioba taic maoineachaidh aig Riaghaltas na h-Alba dè na Prìomh Chomharran Coileanaidh a th' ann do Bhòrd na Gàidhlig. Bhithinn toilichte Shona NicIllinnein a thoirt a-steach gus innse dhuinn dè a tha ise, mar cheannard a' bhùird, den bheachd as e na KPI-an airson a' bhùird fhèin, ach an toiseach bu mhath leam faighinn a-mach dè na Prìomh Chomharran Coileanaidh a th' aig Riaghaltas na h-Alba airson Bòrd na Gàidhlig. Sin na tha Mgr Simpson a' faighneachd.

Dùghlas Andsell: Tha sinn toilichte obair le Bòrd na Gàidhlig air na comharran coileanaidh agus na prìomhachasan a tha aige—

An Neach-gairm sealach: A bheil comharran coileanaidh agaibh an-dràsta?

Graham Simpson: Agus dè th' anna?

Dùghlas Andsell: Tha sinn a' cumail ris na th' aig a' Bhòrd na phlana corporra, a phlana buileachaidh—

An Neach-gairm sealach: Ainmichibh iad ma-thà. Mar cheannard sgioba, an innis sibh dhomh iad?

Dùghlas Andsell: Tha mi duilich—chan eil iad agam an seo. Tha seo—

An Neach-gairm sealach: Is sibhse ceannard na roinne maoineachaidh airson Bòrd na Gàidhlig, agus chan eil fhios agaibh dè na Prìomh Chomharran Coileanaidh a th' aig Riaghaltas na h-Alba dhaibh.

Dùghlas Andsell: Cha rachadh agam air liosta dhiubh ainmeachadh an-dràsta.

An Neach-gairm sealach: Seadh ma-thà. Cò na rudan eile ris am bi Sgioba na Gàidhlig is Scots a' dèiligeadh?

Dùghlas Andsell: Tha dleastanasan maoineachaidh aig an sgioba Gàidhlig agus Scots airson Bòrd na Gàidhlig agus dleastanasan maoineachaidh agus dàimhean le craoladh Gàidhlig, a' gabhail a-steach MG Alba, a tha, ann an com-pàirteachas leis a' BhBC, ag obrachadh an t-seanail Ghàidhlig BBC Alba. Tha dleastanasan maoineachaidh agus dàimhean againn cuideachd le Stòrlann, a' bhuidheann a bhios a' solarachadh ghòireasan do dhaoine òga ann am foghlam Gàidhlig agus do thidsearan agus pàrantan. San aon dòigh, tha dàimh maoineachaidh againn leis a' cholaiste Ghàidhlig san Eilean Sgitheanach, Sabhal Mòr Ostaig, agus bidh sinn ag obair gu dlùth leis na h-ùghdarrasan ionadail a tha a' libhrigeadh foghlam Gàidhlig; tha sgeama tabhartais againn gus taic a thoirt seachad a thaobh sin.

An Neach-gairm sealach: Dè an t-uiread a bhios Bòrd na Gàidhlig an sàs anns na rudan sin uile?

Dùghlas Andsell: Gu mòr.

An Neach-gairm sealach: Ceart, ach 's e a' phuuing a tha mi a' dèanamh gu bheil an obair agaibh gu lèir a' buntainn ri dàimh le Bòrd na Gàidhlig.

Dùghlas Andsell: Chan eil a h-uile pàirt den obair againn a' buntainn ri sin.

An Neach-gairm sealach: A' mhòr mhòr-chuid ged-tà.

Dùghlas Andsell: Bidh a' mhòr mhòr-chuid, gu cinnteach. Air mòran raointean prògram is poileasaidh—biodh iad ann am foghlam, na h-ealain no cùisean coimhearsnachd—bidh sinn ag obair gu dlùth le Bòrd na Gàidhlig.

Graham Simpson: Ach, chan eil sin air a' chiad cheist agam a fhreagairt fhathast: dè air thalamh a thathas a' sùileachadh bho Bhòrd na Gàidhlig gach bliadhna tro na Prìomh Chomharran Coileanaidh sin? Tha e a' cur iongnadh mòr orm gur urrainn do Riaghaltas na h-Alba tighinn an seo gun innse dhuinn dè a tha iad a' sùileachadh bho Bhòrd na Gàidhlig. Dè tha na fianaisean bho Bhòrd na Gàidhlig a' smaoineachadh? A bheil fhios agaibhse dè thathas a' sùileachadh?

An Neach-gairm sealach: Bu mhath le Pòl Johnston a thighinn a-steach às leth Riaghaltas na h-Alba—leigidh mi Shona NicIllinnein a-steach às dèidh sin.

Pòl Johnston: Tha mi cinnteach gu bheil buill a' bhùird deònach cunntas a thoirt air na tha iad a' coileanadh. Bho mo shealladh-sa, 's e an t-àite tòiseachaidh dleastanasan reachdail a' Bhùird. Tha dleastanasan reachdail sònraichte aig a' bhuidhinn seo agus tha sinn an dùil gum bi na Prìomh Chomharran Coileanaidh sin—a tha air an suidheachadh leis a' Bhòrd—a' mìneachadh mar a choileanas iad na dleastanasan sin.

Aig a' bhunait, tha a' bhuidheann ann airson cleachdadh na Gàidhlig agus a cultar a bhrosnachadh. Mar sin, tha mi an dùil gum bi na Prìomh Chomharran Coileanaidh a' toirt a-steach na h-ìre gu bheil cleachdadh na Gàidhlig a' dol am meud; 's e sin aon Phrìomh Chomharradh Coileanaidh air leth sònraichte, agus tha mi a' smaoineachadh gu bheil sinn a' faicinn adhartas math a dh'ionnsaigh a libhrigidh.

Shona NicIllinnein: Na bu tràithe, bhuidhinn sinn air a' phlana nàiseanta Gàidhlig. Tha e mar dhleastanas air Bòrd na Gàidhlig plana nàiseanta Gàidhlig a dhèanamh do mhinistearan a h-uile còig bliadhna, agus rinn sinn am plana a th' ann an-dràsta—a bhios a' ruith bho 2018 gu 2023—ann an 2018. Chaidh am plana sin aontachadh le

ministearan. Tha trì prìomh amasan ann: cur ri cleachdadh Gàidhlig, cur ri ionnsachadh na Gàidhlig agus cur ri adhartachadh na Gàidhlig.

Tha am plana corporra againn a' togail air sin. Bidh plana corporra Bòrd na Gàidhlig cuideachd a' ruith airson còig bliadhna, agus tha e a' cuimseachadh air ceithir prìomh amasan. Tha trì dhiubh sin ag èirigh bhon phlana nàiseanta: cur ri cleachdadh na Gàidhlig, cur ri ionnsachadh na Gàidhlig agus cur ri adhartachadh na Gàidhlig. 'S e an ceathramh amas fear corporra, a tha a' leasachadh mar a tha Bòrd na Gàidhlig ag obair. Is iad sin na ceithir amasan corporra againn.

Gach bliadhna, bidh ministearan ag aontachadh ris a' phlana chorporra. Bidh am Bòrd cuideachd ag aontachadh ri plana obrachaidh gach bliadhna. Gun teagamh, tha sin a' ceangal ris a' phlana chorporra, agus tha na Prìomh Chomharradh Coileanaidh sa phlana obrachaidh a' buntainn ris na ceithir prìomhachasan sin.

Chaidh plana obrachaidh, aithisg bhliadhnail agus cunntasan 2019-20 aontachadh an-dè aig coinneamh a' Bhùird. Tha naoi Prìomh Chomharradh Coileanaidh annta le chèile. Buinidh a dhà dhiubh ri bhith a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig, buinidh trì ri cur ri a h-ionnsachadh, dhà ri bhith ga brosnachadh agus a dhà ri bhith a' leasachadh mar a tha Bòrd na Gàidhlig ag obair. Bidh sinn ag obair a dh'ionnsaigh a h-uile gin dhiubh sin.

An Neach-gairm sealach: Tha mi a' dèanamh dheth gu bheil fios aig Mgr Ansdell air sin.

Dùghlas Andsell: Gu dearbh.

Graham Simpson: Anns na 14 bliadhna a tha Bòrd na Gàidhlig air a bhith ann, a bheil soirbheachas sam bith air a bhith ann a' libhrigeadh gin dhiubh sin?

Màiri NicAonghais: Tha, gu cinnteach, tha. Tha mòran soirbheachais air a bhith ann, agus tha an soirbheachas sin ag adhbharachadh barrachd uallaich air Bòrd na Gàidhlig. Tha an soirbheachas air a thighinn ann am foghlam, ann an gnìomhachd chultarach, anns an aithne gu bheil a' Ghàidhlig na stòras eaconamach, ann an cuideachadh le duilgheadasan choimhearsnachdan traidiseanta agus a thaobh an fheum gun tèid a' Ghàidhlig aithneachadh air feadh an Rìghaltais san fharsaingeachd. Bha sin uile ro Chovid, a tha gu cinnteach a' toirt a dhùbhlain fhèin dhuinn.

Tha barrachd uallaich air a' bhòrd gus barrachd a dhèanamh, oir feumar barrachd a dhèanamh an-còmhnaidh. Tha sinn air tuigsinn—agus chì sibh e ann an aithisg Deloitte—gum bu chòir dhuinn ar stòrasan a mheudachadh. Chan eil ar stòrasan a' dol am meud idir an-dràsta. Ach, a-nis, tha deasbad am measg an sgioba-stiùiridh agus am

Bòrd mu mar a chuireas sinn cùis gnìomhachais ri chèile airson obair leasachaidh na Gàidhlig a thoirt air adhart.

Bho chaidh mise nam chathraiche, tha am Bòrd air dreuchd nas ro-innleachdail a leasachadh, agus tha mi a' togail cheanglaichean agus dhàimhean air feadh na h-Alba. 'S e aon de na rudan math mu bhith an seo an-diugh gu bheil mi a' bruidhinn às leth na Gàidhlig agus gu bheil mi a' bruidhinn na Gàidhlig anns a' Phàrlamaid. Tha mi a' toirt taing dhuibh airson a' chathraiche sin.

Graham Simpson: 'S e rud math a tha sin. Chan eil dad agamsa an aghaidh na Gàidhlig; tha aon de na nigheanan agam, a tha cuideachd a' bruidhinn chànanan eile, air tòiseachadh ag ionnsachadh na Gàidhlig, rud a tha math. Tha mi a' feuchainn ri faighinn chun na tha am bòrd air a choileanadh; mar eisimpleir, an do shoirbhich leibh barrachd dhaoine a thoirt gu bhith a' bruidhinn na Gàidhlig? Ma shoirbhich, an urrainn dhuibh sin a dhearbhadh?

Màiri NicAonghais: 'S urrainn. Tha an aithisg bhliadhnail againn, a dh'aontaich am Bòrd againn an-dè, a' toirt seachad mòran eisimpleirean den t-soirbheachas a tha air a bhith againn a thaobh ar Prìomh Chomharran Coileanaidh agus ar planaichean. Tha sinn a' cumail sùil gheur air sin.

An Neach-gairm sealach: Bhiodh an aithisg adhartais sin na chuideachadh don chomataidh, mar sin mas urrainn dhuibh sin a shealltainn dhuinn, bhiodh sin mìorbhaileach.

Màiri NicAonghais: 'S e eisimpleir de dh'adhartas—

An Neach-gairm sealach: Tha mi duilich; cha robh mi a' ciallachadh an-dràsta. Bha mi a' ciallachadh na h-aithisg air an tug sibh iomradh.

Graham Simpson: Am b' urrainn dhuibh a chur thugainn?

Màiri NicAonghais: B' urrainn, b' urrainn dhuinn an aithisg a chur thugaibh.

An Neach-gairm sealach: Chan eil mi airson gum bi daoine a' smaoinichadh nach eil sinn taiceil don Ghàidhlig; feuch gun seall sibh an aithisg dhuinn, gus am faic sinn an t-adhartas a tha ga dhèanamh.

Màiri NicAonghais: Nì mi cinnteach gun cuir an oifis sin thugaibh sa bhad.

Graham Simpson: Tha aon cheist eile agam. Bha mi a' coimhead air an làraich-lìn agaibh; chaidh gearanan a dhèanamh nach bithear ga h-ùrachadh. Thugadh iomradh air a' choinneimh bùird a bh' agaibh an-dè ach, ged a bha clàr-gnothaich ann, cha b' urrainn dhomh pàipearan sam bith fhaicinn air a son. Is dòcha nach do rinn mi oidhirp gu leòr ach thuit aithisg Deloitte, nach robh gearr-chunntasan coinneamh bùird roimhe ri

fhaighinn gu sia mìosan às a dèidh. Tha mi an dòchas, taobh a-staigh beagan sheachdainean, gum bi sibh air geàrr-chunntasan na coinneimh a tha dìreach air a bhith agaibh fhoillseachadh.

Màiri NicAonghais: Am bu mhath leibh gun can mi beagan mu dheidhinn sin?

Graham Simpson: Bu mhath, tapadh leibh.

Màiri NicAonghais: B' e lochd mòr a thog a' chiad aithisg aig Deloitte nach robh fosgarrachd no follaiseachd gu leòr ann. Tha mi ag aontachadh nach robh an làrach-lìn air a h-ùrachadh gu leòr agus gum faodadh pàipearan a bhith air an dèanamh na b' fheàrr. Tha mi cuideachd a' dearbhadh dhuibh gun deach cruth agus ullachaidhean chomataidhean is choinneamhan atharrachadh bhon uair sin. Tha na pàipearan anis air an ullachadh mòran nas fheàrr agus an co-rèir ris a' phlana obrachaidh, a tha a' ceangal a-steach don phlana chorporra, a tha, an uair sin, a' ceangal ris a' phlana nàiseanta.

Tha e a' cur iongnadh orm nach b' urrainn dhuibh pàipearan an-dè a lorg, oir bha ochdnar a' coimhead air a' choinneimh sin; bha 30 neach an làthair aig a' choinneimh roimhe air-loidhne sa Chèitean. Cho fad 's as aithne dhomh, tha an aithisg as ùire bho Deloitte air an làraich-lìn againn cuideachd, ged nach robh ùine agam sgrùdadh a dhèanamh air sin. Tha mi duilich nach eil iùl na làraich-lìn air bhur toirt ann, ach faodaidh mi dearbhadh dhuibh gu bheil e ann.

Willie Ó Cobhthaigh (Cill Mheàrnaig agus Srath Irbhinn) (SNP): Tapadh leibh, a neach-gairm. Madainn mhath, a h-uile duine.

Thar nam bliadhnaichean, tha cùisean air a dhol gu math nuair a bha mi a' dèiligeadh ri Bòrd na Gàidhlig aig Comhairle Siorrachd Àir an Ear—gu sònraichte, aig an aonad Ghàidhlig a bha ann am Bun-sgoil Onthank agus a tha a-nis ann an àrainn Uilleim McIlvanney. Tha e air a bhith ann airson 20 bliadhna agus tha e a' dol bho neart gu neart. Tha sàr thaic is brosnachadh air a bhith ann do phàrantan is clann airson iomadh bliadhna.

Bidh a' Chomataidh Sgrùdadh Poblach agus Iar-reachdail a' cluinntinn mu chùisean bho ghrunn bhuidhnean agus tha e ceart do bhuill faighneachd mun deidhinn. Tha e cudromach gu bheil na sgilean agus an t-eòlas air a' Bhòrd gus na planaichean gnìomha uile a thoirt air adhart. Tha mi airson cluinntinn bho bhuill a' bhùird an toiseach a bheil na droch bheachdan a fhuair sibh a' toirt buaidh air leasachadh a' chànain.

Màiri NicAonghais: Tha sibh ceart a bhith a' faighneachd; faodaidh droch buaidh a bhith aig aithisgean duilich. An-diugh, faodaidh droch bhuidhnean a bhith aig na meadhanan sòisealta cuideachd, ach tha Bòrd na Gàidhlig air beagan rudan a dhèanamh. Tha sinn ag obair gu dlùth le

ar co-obraichean ann an Riaghaltas na h-Alba gus buill Bùird ùra a chur an dreuchd. Aig an àm seo, chan eil againn ach sianar, agus tha sinn a' coimhead ri co-dhiù trìuir bhall ùra fhastadh, aig am bi raon farsaing de sgilean.

11:00

Tha sinn air matraigs sgilean a dhèanamh a bheir taic fiosrachaidh don trusadh. Tha sinn cuideachd air ar conaltradh a leasachadh, agus tha sinn ag obair cho cruaidh 's as urrainn dhuinn le luchd-ùidh, teaghlaichean agus a h-uile duine aig a bheil ùidh anns a' Ghàidhlig. Gu mì-fhortanach, faodaidh aithisgean nam meadhanan a bhith àicheil agus faodaidh naidheachdan a bhith duilich. Tha sin duilich a ghiùlan, gu sònraichte do luchd-obrach a tha ag obair gu cruaidh. Tha mi taingeil do Willie Coffey airson sin a thogail.

Tha siostam làidir againn airson taic a thoirt do luchd-obrach—gu sònraichte aig an àm seo, nuair a tha slàinte is sunnd gach neach deatamach. Tha siostam làidir againn gus dèanamh cinnteach gu bheil daoine mothachail air a chèile, gu bheil iad soilleir mu sheanailean conaltraidh agus gu bheil pròiseasan gearain soilleir ann. 'S e atharrachadh mòr a th' air a bhith ann, ach tha sinn air an t-slighe cheart.

Willie Ó Cobhthaigh: B' e cùis a chaidh a thogail aig a' chomataidh roimhe seo a bheil e mar riatanas air neach a bhith a' bruidhinn Gàidhlig mus faigh iad obair leis a' Bhòrd. A bheil sin fìor? A thaobh a bhith a' faighinn nan sgilean agus an t-eòlas ceart a dh'fheumas am Bòrd, an deach duilgheadas a chomharrachadh gum feum an cànan a bhith aig tagraichean? A bheil feum ann a bhith dealasach a thaobh an cànan ionnsachadh? Am b' urrainn do Shona NicIllinnein an suidheachadh a th' ann an-dràsta a mhineachadh?

Shona NicIllinnein: Gu cinnteach. Às dèidh na h-aithisg sgrùdaidh, ghabh sinn an cothrom ar poileasaidh a shoilleireachadh, agus dheasaich sinn plana Gàidhlig airson Bòrd na Gàidhlig oir, ged a tha sinn ag iarraidh air buidhnean eile planaichean Gàidhlig a bhith aca, cha robh fear againn fhìn. Dheasaich sinn plana Gàidhlig airson na buidhne, anns an do chuir sinn an cèill na bha sinn an dùil. Bha aon de na beachdan as làidire bhon choimhearsnachd Ghàidhlig mu choinneamh na comataidh san Fhaoilleach an-uiridh a' buintinn ris a' cheist a bheil e laghail a bhith ag iarraidh air daoine den leithid Gàidhlig a bhruidhinn. Anns a' phlana againn, tha sinn ag ràdh gu bheil e na bhuannachd agus riatanach gum bi daoine a tha ag obair le Bòrd na Gàidhlig a' bruidhinn na Gàidhlig, oir is sinne a' bhuidheann a tha a' brosnachadh na Gàidhlig. Nam biodh cuideigin a' fònadh, no nam biodh iad ag iarraidh coinneamh,

an dùil a bhith a' bruidhinn Gàidhlig agus nach b' urrainn dhuinn sin a dhèanamh, mhilleadh sin an obair againn.

Ach, tha sinn cuideachd ag aithneachadh gu bheil e duilich, aig amannan, daoine fhastadh aig a bheil na sgilean proifeasanta agus na sgilean cànan. Roimhe seo, bha trioblaidean againn a thaobh comas; bha sin na phàirt de na dh'adhbharaich na duilgheadasan. Tha sinn air a ràdh gu soilleir gum bi sinn a' sanasachd dà uair airson dreuchdan anns a bheil Gàidhlig riatanach, agus mura tèid leinn ann a bhith a' fastadh do na dreuchdan sin, lasaichidh sinn an riatanas, gus an urrainn don dreuchd a dhol gu cuideigin a tha ag ionnsachadh no a gheallas gun ionnsaich iad Gàidhlig, agus bhreamaid taic seachad a thaobh sin. Leis gu bheil sinn mothachail gun gabh sin tachairt, tha daoine aig nach robh Gàidhlig air a bhith ag obair anns a' bhuidhinn.

Tha e cudromach airson ar cliù agus ar n-obair—mar eisimpleir, ann a bhith a' toirt comhairle do dh'ùghdarrasan poblach aig a bheil planaichean Gàidhlig – gu bheil luchd-labhairt na Gàidhlig againn. Dh'iarr sinn comhairle laghail mu dheidhinn sin a bhith na riatanas dreuchd. Tha seo cudromach; faodaidh e a bhith riatanach don dreuchd agus chan e leth-bhreith a th' ann. Dh'ionnsaich mise Gàidhlig mar inbheach, agus mar sin tha sinn ag aithneachadh gu bheil daoine a' faighinn Gàidhlig ann an iomadh dòigh eadar-dhealaichte nam beatha. Chan eil an riatanas mar phàirt de phròiseas leth-bhreith; tha e cudromach don bhuidhinn gu bheil na sgilean cànan sin againn.

Willie Ó Cobhthaigh: 'S e freagairt chuideachail a tha sin, ach airson sgilean leithid sgrùdadh no cunntasan, chan fheum neach an cànan a bhruidhinn airson a bhith comasach air pàirt a ghabhail agus obair airson na buidhne, am feum? Ciamar a tha Riaghaltas na h-Alba a' faicinn sin, agus an e sin aon de na cùisean a bha aig cridhe na ceist mu bhith a' faighinn nan sgilean agus an t-eòlas ceart, agus a' ceangal sin ris a' chànan airson am Bòrd a chuideachadh gus am plana a libhrigeadh?

Pòl Johnston: Tha sinn riarachta leis a' bheachd a tha Bòrd na Gàidhlig air a ruighinn mun chùis sin. Tha sinn air a bhith ag obair le Bòrd na Gàidhlig air. Tha e cudromach, airson nan adhbharan a chomharraich Willie Coffey, gu bheil beagan sùbailteachd ann. Ann am faclan eile, is e Gàidhlig a th' ann an toiseach, a thaobh sanasachd. Mura faighear na sgilean agus an t-eòlas ceart tro dhà phròiseas sanasachd, tha e ceart gun tèid an trusadh a leudachadh gus an tèid na sgilean iomchaidh a riochdachadh air a' Bhòrd agus am measg luchd-obrach.

Willie Ó Cobhthaigh: Glè mhath.

Tha an aithisg làithreach a' comharrachadh beàrn maoinachaidh tionalach de £4 millean airson Bòrd na Gàidhlig. Ciamar a dhèiligeas Riaghaltas na h-Alba ri sin? Chuala sinn bho Mhàiri NicAonghais gun robh am buidseat aig an aon ìre thar grunn bhliadhnaichean. Bidh a' bheàrn maoinachaidh a' fàs mura dèanar rudeigin ma dheidhinn. Ciamar a tha thu a' faicinn sin, a' dol air adhart?

Pòl Johnston: Cha bhithinn airson gealladh a thoirt seachad air mion-fhiosrachadh a thaobh beàrn maoinachaidh. Is dòcha gum b' urrainn do Shona NicIllinnein dearbhadh an e sin an tuisge a th' aice, agus an uair sin, faodaidh mise a thighinn a-steach le mion-fhiosrachadh mu na tha sinn a' dol a dhèanamh.

Shona NicIllinnein: B' e aon de na molaidhean ann an aithisg 2018-19 gum bu chòir dhuinn plana ionmhais meadhan-ùine agus plana sgioba-obrach a dheasachadh. Rinn sinn an dà chuid. Tha a' bheàrn a chaidh a chomharrachadh stèidhichte air a' mhaoineachadh a dh'fheumar nan cuireadh sinn an structar luchd-obrach as fhèarr leinn an gnìomh, a thaobh àireamhan luchd-obrach agus dreuchdan gus ar n-obair a choileanadh. Bhruidhinn sinn gu tric air an duilgheadas a tha air èirigh mu ar dleastanasan a thaobh an stòrais a tha ri fhaighinn airson an libhrigeadh. A rèir a' phlana ionmhais meadhan-ùine againn, 's e sin an t-suim a bhiodh a dhith gus am biodh Bòrd na Gàidhlig aig a' mheud a tha sinn den bheachd a bhiodh èifeachdach airson a dleastanasan uile a libhrigeadh.

Willie Ó Cobhthaigh: Tha taobh-duilleig 32 de dh'aithisg Deloitte a' toirt iomradh air sin, agus mar sin thàinig orm a' cheist fhaighneachd.

A' coimhead air adhart, às dèidh nan sgrùdaidhean sin uile, a' choinneamh an-diugh, agus às dèidh dhuibh am plana buileachaidh a dheasachadh is mar sin air adhart, an urrainn dhuibh dearbhadh a thoirt don chomataidh a tha iad ag iarraidh gu bheil leasachadh a' chànain ann an làmhnan sàbhailte agus a' dol air adhart gu làidir? Tha a' cheist airson an Riaghaltais agus Bòrd na Gàidhlig. A bheil an cànan a' tighinn air adhart gu deimhinneach agus an urrainn dhuinn a bhith a' coimhead air adhart ri àm ri teachd nas soilleire dhi?

Shona NicIllinnein: Bhruidhinn an cathraiche againn air an aithisg bhliadhnail againn, a chaidh aontachadh an-dè. Ann, tha sinn a' sealltainn gu bheil an dàta foghlaim airson clann ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig an ìre as àirde a bha e a-riamh. Tha a-nis còrr air 450,000 neach-ionnsachaidh clàraichte ann an Gàidhlig na h-Alba air Duolingo, mar sin tha ùidh ann. Tha planaichean Gàidhlig aig timcheall air 68 ùghdarras poblach no tha iad ag obair a dh'ionnsaigh planaichean Gàidhlig a

bhuileachadh. Tha mi cinnteach gum bi fios aig buill, bho na chì sibh nuair a bhios sibh a' coiseachd mun cuairt, gu bheil faicsinneachd na Gàidhlig air a dhol an-àirde gu mòr bho chaidh Bòrd na Gàidhlig a stèidheachadh. Tha sinn a' libhrigeadh obair a bheir taic do dh'fhàs na Gàidhlig ann an iomadh dòigh, agus cumaidh sinn oirnn a' dèanamh sin.

Willie Ó Cobhthaigh: A Phòil—am b'urrainn dhuibhse beachd a thoirt seachad cuideachd, mas e bhur toil e?

Pòil Johnston: Tha mi a' toirt taic don h-uile càil a thuir Shona. Ann an iomadh dòigh, faodaidh an staitistig agus an fhianais shònraichte bruidhinn air an son fhèin. Tha àrdachadh math air a bhith ann am foghlam sa Ghàidhlig, ann an ionnsachadh na Gàidhlig agus ann an taic do chultar na Gàidhlig. Tha prìomh àite aig Bòrd na Gàidhlig anns a h-uile càil.

Tha e deatamach ann an co-theacsa seisean fianais an latha an-diugh gu bheil a' greimeachadh air na raointean a chaidh a chomharrachadh airson leasachadh agus gan leantainn le dìcheall agus neart. Sin a tha mi gu mòr airson fhaicinn, agus tha mi cinnteach gu bheil e a' tachairt mu thràth.

Tha mi an dùil gun lean a' chomataidh a' gabhail ùidh sa chùis. Leanaidh Riaghaltas na h-Alba fhathast faisg air a' chùis, oir tha sinn airson taic a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig ann a bhith a' libhrigeadh a mhisean àrd-amasach airson na Gàidhlig agus a cultar ann an Alba.

An Neach-gairm sealach: Tha na h-ath cheistean bho Niall Bibby, a tha a' coinneachadh rinn air astar.

Niall Bibby (Alba an Iar) (Làb): Madainn mhath. Tha mi a' nochdadh mo thaic don Ghàidhlig agus a cultar. 'S e an rud as cudromaiche gu bheil buidheann againn a choinnicheas ri feumalachdan agus miannan sluagh na Gàidhlig. Bu mhath leamsa cuimseachadh air sin.

Tha m' athair-cèile a' fuireach ann an Steòrnabhagh agus tha e fileanta sa Ghàidhlig. Feumaidh mi a ràdh nach cuala e mun Bhòrd gu na bu thràithe am-bliadhna, nuair a bha e anns na naidheachdan Gàidhlig a thaobh nan aithisgean roimhe. Tha mi a' gabhail ris nach eil sin fìor airson a h-uile duine; tha mi air bruidhinn ri grunn dhaoine aig a bheil Gàidhlig air a bheil mi eòlach agus aig a bheil fios gu bheil am Bòrd ann. Tha iad den bheachd nach e dìreach nach eil buill a' bhùird mothachail air dè na dreuchdan agus na dleastanasan a th' aca; tha iad a' creidsinn gu bheil troimh-a-chèile am measg muinntir na Gàidhlig san fharsaingeachd an e buidheann riaghlaidh is stiùiridh no buidheann taic is comhairle a th' anns a' Bhòrd. Tha beachd ann gu

bheil an troimh-a-chèile seo am measg muinntir a' Bhùird fhèin cuideachd.

Leanaidh mi bho na ceistean a bh' aig Graham Simpson roimhe. A bheil am Bòrd misneachail nan adhbhar? Ciamar a tha iad a' nochdadh miann luchd na Gàidhlig a thaobh adhbhar agus raon-ùghdarras?

Shona NicIllinnein: Tha sinn air iomradh a thoirt grunn thursan air a' phlana nàiseanta Gàidhlig, a tha air a chruthachadh le co-chomhairleachadh farsaing sa choimhearsnachd. Tha sinn dìreach a' dol a thòiseachadh air obair air a' cheathramh plana. Tha pròiseas co-chomhairleachaidh sia mìosan ann le coimhearsnachdan, air a leantainn le pròiseas co-chomhairleachaidh reachdail trì mìosan. Tha sin na phrìomh dhleastanas reachdail agus mar sin, aig ar cridhe, tha e na dhleastanas oirnn conaltradh leis a' choimhearsnachd Ghàidhlig agus èisteachd ri am miannan agus an amasan.

A thaobh na tha a' bhuidheann a' dèanamh, tha sinn air bruidhinn grunn thursan air a' còmhstri eadar na thathas a' sùileachadh bho Bhòrd na Gàidhlig, na dh'fheumas iad a dhèanamh gu reachdail agus na tha e air a ghabhail os làimh air sgàth dìth solair ann an àiteachan eile. Tha sinn air a bhith nar buidheann ro-innleachdail airson poileasaidh a stèidheachadh, tro bhith a' toirt a-mach planaichean nàiseanta Gàidhlig agus a' toirt seachad comhairle agus foghlam air ro-innleachd agus poileasaidh. Ach, aig ceann eile an raon obrach, bidh sinn a' maoineachadh bhuidhnean agus tachartasan coimhearsnachd agus a' toirt seachad comhairle agus taic a thaobh sin. Le bhith a' feuchainn ris a h-uile càil a libhrigeadh le sgioba cho beag tha mòran de na duilgheadasan air èirigh a chaidh a nochdadh anns a' chiad aithisg aig Deloitte.

Is dòcha gum bi an cathraiche airson bruidhinn mu dheidhinn seo, ach b' e aon rud a rinn am Bòrd agus na h-àrd-oifigearan gu bheil iad air a bhith a' cuimseachadh mòran a bharrachd air na dh'fheumas sinn a libhrigeadh tro ar dleastanas reachdail soilleir, na tha sinn airson a libhrigeadh gus cur ris an dleastanas reachdail sin agus nas urrainn dhuinn de thaic a thoirt do dhaoine eile gus rudan a libhrigeadh. Feumaidh sinn a bhith tòrr nas soilleire mu na bhios a' bhuidheann a' dèanamh agus na bhios sinn a' dèanamh ann an com-pàirteachas le feadhainn eile. Tha sinn air cuimseachadh air an obair sin bhon Lùnastal an-uiridh. Bha an obair air aithneachadh gun robh feum air atharrachadh a' tighinn ron sgrùdadh nas fharsainge a chaidh a dhèanamh le Deloitte san Fhaoilleach 2019.

Tha mi an dòchas gu bheil sin a' toirt beagan misneachd dhuibh mu ar tuigse air far a bheil sinn a' dol agus mar a tha sinn a' toirt taic don Ghàidhlig.

Màiri NicAonghais: Tha triùir de na buill bùird againn à Leòdhas, agus tha Steòrnabhagh ann an Leòdhas, agus mar sin tha e na iongnadh nach eil cuideigin ann an Steòrnabhagh air mòran a chluinntinn mu Bhòrd na Gàidhlig.

Dh'iarr a' chiad aithisg sgrùdaidh oirnn ar conaltradh a leasachadh. Tha fhios againn uile nach eil sinn ag innse ar sgeulachd fhìn math gu leòr—gu ìre, 's e laigse luchd na Gàidhlig a tha sin. Tha sinn gu tric a' cur sìos air a chèile agus oirnn fhìn cus, agus uaireannan cha lorg sinn na sgeulachdan matha a dh'fhaodadh sinn a bhith ag innse.

11:15

Tha sinne aig a' bhòrd ag aithneachadh gu bheil an sgioba conaltraidh againn gu math beag, ach tha sinn gnìomhach air na meadhanan sòisealta, agus tha sinn a' cur ris an sgioba. Tha prògram againn cuideachd airson a bhith an sàs le coimhearsnachdan. Chan eil e comasach conaltradh aghaidh-ri-aghaidh a dhèanamh tuilleadh, ach aig a' choinneimh bùird againn an-dè, thòisich sinn ag ullachadh airson ro-innleachd ùr airson choinneamhan air-loidhne. Tha coinneamhan air-loidhne ag obair glè mhath ann an coimhearsnachdan iomallach oir—taing do Riaghaltas na h-Alba—tha am bann-leathann fìor mhath ann am pàirtean iomallach de dh'Alba.

Tha sinn ag obair air sin. Tuigidh mi gu bheil barrachd ri dhèanamh agus gur e obair mhòr a th' ann, ach tha sinn mothachail air sin agus tha sinn ag obair air.

Niall Bibby: Tha sinn air mòran a ràdh mu bhith a' toirt seachad ceannardas. Tha ceannardas cuideachd mu bhith ag èisteachd—anns a' chùis seo, ag èisteachd ris a' choimhearsnachd Ghàidhlig. Tha sinn air bruidhinn mun eadar-dhealachadh eadar sùil a chumail air cùisean, agus a bhith a' libhrigeadh taic agus comhairle. Tha mi airson faighneachd mu eisimpleir practaigeach.

Bhruidhinn sibh air a' chomhairle agus an taic a bheir sibh do phàrantan a thaobh foghlam. Is dòcha gu bheil sin a' toirt a-steach comhairle do phàrantan air mar a bu chòir dhaibh tighinn gu rèite le ùghdarrasan ionadail mu fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Ach, tha pàrantan ann a tha den bheachd gum bu chòir àite gu math nas làidire a bhith aig Bòrd na Gàidhlig agus gum bu chòir dhaibh a bhith ag innse do ùghdarrasan ionadail dè a bu chòir dhaibh a bhith a' dèanamh a thaobh na Gàidhlig, chan e dìreach a bhith a' toirt seachad taic. An do rinn sibh co-chomhairle le muinntir na Gàidhlig air a' phuig sin?

Shona NicIllInnein: B' e pìos obrach a bha a' dol air adhart nuair a thàinig mi a-steach don dreuchd agam leasachadh stiùireadh reachdail air

foghlam Gàidhlig às dèidh Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016. Tha mi a' tuigsinn gun deach co-chomhairle fharsaing a dhèanamh air leasachadh an stiùiridh reachdail. Tha e a' mìneachadh na thathar a' sùileachadh bho na h-ùghdarrasan ionadail ann a bhith a' libhrigeadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus a' toirt comhairle do phàrantan mu na dh'fhaodadh iad a bhith an dùil.

A bharrachd air sin, bidh sinn a' maoinachadh Comann nam Pàrant, a' bhuidheann do phàrantan. Bidh e a' libhrigeadh raon farsaing de thaic do phàrantan air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig tro lìonra de dh'fhòraman ionadail. Tha sinn gu mòr an sàs ann an sin ann an grunn dhòighean.

Niall Bibby: Mu dheireadh, tha sinn air mòran a ràdh mun dàimh eadar Riaghaltas na h-Alba agus am Bòrd. Tha fhios agam gu bheil am Bòrd a' toirt comhairle do mhinistearan. Dè a b' urrainn don Bhòrd dèanamh nam biodh Riaghaltas na h-Alba a' stèidheachadh reachdas nach robh a' tighinn ris a' Bhòrd no ri luchd na Gàidhlig? Dè a b' urrainn dhuibh a dhèanamh nan dèanadh Riaghaltas na h-Alba rudeigin an aghaidh miann a' Bhùird no luchd na Gàidhlig? Am b' urrainn don Bhòrd Riaghaltas na h-Alba a chur gu uair a' bhaile? Tha luchd-labhairt na Gàidhlig air a bheil mise eòlach ag iarraidh buidheann làidir a sheasas ri Riaghaltas na h-Alba airson math na Gàidhlig. A bheil am Bòrd freagarrach don obair a dh'fheumas iad dèanamh anns an riochd 's a bheil e an-dràsta?

Màiri NicAonghais: Ceist dhoirbh. Tha mi a' smaoinachadh gu bheil am bòrd freagarrach airson na h-obrach, ach is dòcha gum bi feum air coimhead air an achd a-rithist. Ach is dòcha nach e sin cuspair airson an-diugh. Tha tuigse air a bhith againn mu na tha sinn air gealltainn a dhèanamh san achd mar a thug sinn air adhart leasachadh na Gàidhlig. Chan eil sinn air a h-uile gnìomh a choileanadh a tha an lùib sin, ach tha faireachdainn air feadh nan coimhearsnachdan Gàidhlig ann an Alba gur dòcha gu bheil an t-àm ann an achd a neartachadh agus, tro bhith a' dèanamh sin, gum bi leasachadh na Gàidhlig agus a' Ghàidhlig fhèin air feadh na dùthcha air a neartachadh.

Buinidh a' Ghàidhlig do dh'Alba air fad. Mar a thuirt mi aig an toiseach, tha an suidheachadh gu math toinnte. Tha na coimhearsnachdan traidiseanta ann, agus tha fàs mòr anns na bailtean mòra. Mar eisimpleir, ann am Baile a' Ghobhainn, tha 91 leanabh air an liosta feitheimh airson sgoil-àraich na Gàidhlig. Sin aon eisimpleir bho bhaile mòr. Anns na coimhearsnachdan dùthchail, tha a chaochladh ri fhaighinn. Cha mhòr gu bheil 91 duine ann an coimhearsnachd mar sin uile gu lèir.

Tha raon de choimhearsnachdan ann, agus tha coimhearsnachd anabarrach mòr air-loidhne ann cuideachd—tha an glasadh Covid gu cinnteach air sin a nochdadh agus a thoirt air adhart. Mar sin, 15 bliadhna air adhart, is dòcha gu bheil an t-àm ann coimhead a-rithist agus, ann an iomadh dòigh, is dòcha gur e deagh àm a tha seo airson sin a dhèanamh. Mar a tha mi air gabhail ris tron t-seisean, tha tuilleadh ri dhèanamh. Tha barrachd againn ri ionnsachadh agus tha sinn deònach gluasad air adhart leis a h-uile càil.

An Neach-gairm sealach: Saoilidh mi gu bheil Paul Johnston airson a thighinn a-steach.

Pòl Johnston: Tha mi dìreach airson a ràdh gu bheil Riaghaltas na h-Alba gu tur deiseil airson comhairle agus dùbhlàn fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig. Mar a chaidh a ràdh, tha dleastanas comhairleachaidh aig a' Bhòrd agus cuiridh iad ri mòran de dh'obair an Riaghaltais. Bidh fhios aig a' chomataidh gu bheil mòran de bhuidhnean eile mar Bhòrd na Gàidhlig a bhios, aig amannan, làidir san dùbhlàn a bheir iad don Riaghaltas ma tha iad den bheachd gu bheil feum air atharrachadh cùrsa. Mar sin, cha bhithinn airson gun canar nach gabh sin a dhèanamh; gu dearbh, bhiodh e air a bhrosnachadh nam biodh am Bòrd den bheachd gun robh raointean ann far a bheil dùbhlàn a dhìth.

Adam Tomkins: Tha dà cheist a bharrachd agam, a tha le chèile airson Màiri NicAonghais, cathraiche Bhòrd na Gàidhlig, mar thoradh air na freagairtean aice do cheistean bho Neil Bibby agus buill eile.

An toiseach, an urrainn dhuibh eisimpleir a thoirt dhomh bhon àm agaibh mar chathraiche na buidhne anns an do chuir sibh an Riaghaltas ri uair a' bhaile agus a thuirt sibh ri ministearan na h-Alba gum feumadh iad rudeigin a dhèanamh nach robh iad a' dèanamh no gum feumadh iad stad a chur air rudeigin? An urrainn dhuibh eisimpleir a thoirt dhomh den Bhòrd agaibh a' riochdachadh math na coimhearsnachd Ghàidhlig ann an dòigh a bha a' cumail ceann a' mhaide ri ministearan na h-Alba, rud as e na phàirt den obair agaibh?

Màiri NicAonghais: Nuair a bhathas a' dealbhadh an stiùiridh mu ath-thòiseachadh foghlaim, cha robh a' Ghàidhlig air a gabhail a-steach ann. Bha sinn a' cumail sùil air sin agus thog sinn a' chùis. Bhruidhinn sinn ris an sgioba maoineachaidh agus rinneadh pìos obrach a bharrachd gus dèanamh cinnteach gun robh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus na feumalachdan aige air an gabhail a-steach do phlana ath-thòiseachaidh às dèidh Covid.

Iarraidh mi air Shona NicIllinnein bruidhinn mu chòraichean cloinne.

Shona NicIllinnein: Mar a bhios fios aig buill, thathas a' deasachadh dà bhile air còraichean.

Tha aon mu dheidhinn còraichean daonna agus fear eile mu bhith a' cur an gnìomh Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne. Tha sinn air a bhith a' cur ris a' bhile air còraichean daonna gus feuchainn ri dèanamh cinnteach gu bheil aithne air còir cànanach a thaobh na Gàidhlig—chan e còir chultarail no dualchais ach còir air an cànan a chleachdadh. Nì sinn an aon rud leis a' bhile còraichean chloinne, leis gu bheil Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte a' toirt grunn iomraidhean air còraichean cànanach. Tha e a cheart cho cudromach do chlann ann an Alba gu bheil a' Ghàidhlig air a h-aithneachadh mar chòir anns a' bhile sin. Airson na cloinne air fad a tha a' fàs suas ann an teaghlaichean Gàidhlig no a tha ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, tha e cudromach gum bi a' Ghàidhlig mar phàirt den bhile sin.

Tha grunn chùisean ann anns nach robhar a' beachdachadh air a' Ghàidhlig, no far an deach beachdachadh oirre ach nach deach dad a dhèanamh agus tha sinn air cantainn, "Dè mun Ghàidhlig?" Feumaidh i a bhith aig cridhe seo agus a bhith na pàirt àbhaisteach de bheatha phoblach na h-Alba. Coinnichidh na gnìomhan sin ris an fheum.

Adam Tomkins: Sin eisimpleirean feumail, agus tapadh leibh air an son.

Tha an dàrna ceist agam ag èirigh cuideachd bho rudeigin a thuirt Màiri NicAonghais na bu thràithe. Thug i cunntas air a' Ghàidhlig mar stòras eaconamach a tha buannachdail dhuinn uile. Tha mi cinnteach gu bheil i ceart mu dheidhinn sin. Tha sinn air tòrr a chluinntinn mu chosgaisean a' bhùird agus an t-airgead—airgead luchd-pàighidh chìsean, feumar a ràdh—a bheir Riaghaltas na h-Alba do Bhòrd na Gàidhlig gach bliadhna. Cha chuala sinn mòran mu dheidhinn an luaich a tha sibh a' smaoinneachadh a chuir obair a' Bhùird ris an eaconamaidh thar nan 14 bliadhna a dh'fhalbh, agus mar sin an urrainn dhuibh eisimpleir a thoirt dhomh den luach eaconamach a chuir sibh fhèin agus bhur co-obraichean air a' Bhòrd ri Alba mar thaic ris na thuirt thu, rud ris a bheil mi ag aontachadh, gu bheil a' Ghàidhlig na stòras eaconamach do mhuintir na h-Alba?

Màiri NicAonghais: Is dòcha gu bheil sibh air cluinntinn gu bheil sinn dol a chur thugaibh lethbhreac den aithisg bhliadhnail, a chaidh aontachadh an-dè. Tha mòran eisimpleirean ann de dh'obair mhath. Ainmichidh mi dà rud; is e aon an obair againn le gnìomhachas na turasachd. Tha turasachd na gnìomhachas mòr ann an Alba agus tha sinn fortanach gu bheil VisitScotland air ro-innleachd turasachd Gàidhlig a chruthachadh. Tha VisitScotland air obair le mòran eile air feadh a' ghniomhachais agus tha tairgse Ghàidhlig gu mòr mar phàirt den phrìomh obair aca. Tha an

obair a tha VisitScotland air dèanamh, le taic bho Bhòrd na Gàidhlig, na dheagh eisimpleir de mar a tha Gàidhlig air fhaicinn mar stòras eaconamach. Chan eil mi a' smaoinichadh gum feum neach sam bith na duilgheadasan a tha againn timcheall air sin a mhineachadh an-dràsta ach, gus dèiligeadh riutha, tha a' choimhearsnachd Ghàidhlig, le taic agus stiùireadh bho Bhòrd na Gàidhlig, a' dèanamh tabhartas farsaing de dh'àrd-luach air-loidhne. Tha na cèilidhean, na tachartasan agus na leasanan cànanain Gàidhlig a thathas a' libhrigeadh tro sholarachadh air-loidhne an-dràsta a' toirt seachad mòran sàr eòlasan a tha sinn an dòchas a bheir air daoine a bhith ag iarraidh tilleadh a dh'Alba gus eòlas fhaighinn air a' chànan, an dùthaich agus an tairgse turasachd gu lèir. Sin aon eisimpleir.

'S e an t-eisimpleir eile am meudachadh mòr ann an cultar traidiseanta, gu sònraichte ceòl traidiseanta, le cànan aig a' chridhe. Tha ceòl agus cultar traidiseanta air fàs thar nan 20 bliadhna a dh'fhalbh, gu sònraichte tro fhàs Pàrlamaid na h-Alba, agus tha a' Ghàidhlig gu mòr aig cridhe sin. Aig amannan, nuair a thachras sin ann an dùthchannan eile, faodaidh an cànan a bhith air a chall, ach chan eil cultar agus ceòl traidiseanta a' ciallachadh dad mura h-eil an cànan aig an cridhe. Bidh sinne aig a' Bhòrd ag obair le mòran eile tro na planaichean cànanain gus dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig ann agus gum bi daoine a' dèanamh bith-beò tron chànan thar raon farsaing de ghnìomhachd. Dhòmhsa, sin maoin eaconamach.

Adam Tomkins: Tha ceist agam a tha mi a' faighneachd air sgàth feòrachais a-mhàin. Ciamar, aig a' cheann thall, a bhios sinn a' tomhas soirbheachas na buidhne? Am biodh e na chomharradh air soirbheachas mura h-eil feum air a' bhuidhinn tuilleadh airson gu bheil a' Ghàidhlig air fàs cho làidir thar nan deich no fichead bliadhna a dh'fhalbh, mar chànan, mar chultar, agus mar stòras eaconamach, nach fheum sinn tuilleadh bòrd a chosg £5 millean de dh'airgead luchd-pàighidh chisean gach bliadhna gus an obair sin a dhèanamh, no a bheil sibh a' smaoinichadh gum feum sinn a' bhuidheann seo gu bràth?

Màiri NicAonghais: Bhiodh e taghta nan tachradh sin—nam biodh a' Ghàidhlig cho mòr na pàirt de bheatha na h-Alba 's nach robh feum air bòrd iomairt no sgioba iomairt, agus sin a th' annainn. Ach, dòigh air choreigin, chan eil mi a' faicinn sin a' tachairt—chan ann nam bheatha-sa, co-dhiù.

Tha mi a' faicinn prìomh dhreuchd airson a' Bhùird, ach tha e cudromach cuideachd gum bi a h-uile duine ag aithneachadh gum feum am Bòrd atharrachadh, gu bheil am Bòrd ag atharrachadh agus gu bheil am Bòrd a-nis na bhuidheann ro-

innleachdail. Nuair a bhios Shona NicIllinnein a' bruidhinn rium mun sgioba aice, cluinnidh mi gur e sin aon de na rudan as duilghe a dhèanamh. Tha pròiseactan a' còrdadh ris a h-uile duine; tha leasachadh a' còrdadh ris a h-uile duine. Tha am Bòrd air a bhith math agus soirbheachail air na rudan sin. Is e an rud as dùbhланаich gluasad gu bhith na bhuidheann ro-innleachdail a bheir buaidh air poileasaidh san Riaghaltas seo agus ann an Riaghaltas sam bith eile a bheir buaidh air ar beatha.

Chan eil mi a' faicinn àite Bòrd na Gàidhlig ag atharrachadh idir: tha mi ga fhaicinn a' fàs nas fheàrr, tha mi ga fhaicinn a' leudachadh agus tha mi ga fhaicinn a' dol air adhart gu bràth.

Pòl Johnston: Cha bhithinn airson toirt air falbh bho rud sam bith a tha an cathraiche air a chur an cèill cho soilleir; nì mi dìreach puing airson a' chlàir. Gus a bhith soilleir, chan eil Bòrd na Gàidhlig a' cosg £5 millean sa bhliadhna ga ruith; tha suim mhòr den £5 millean sin a' dol a dh'ionnsaigh raon de bhuidhnean a tha Bòrd na Gàidhlig a' maoineachadh gu dìreach. Tha rudeigin mar dhà thrian den £5 millean—no is dòcha barrachd—a' dol dìreach a-mach an doras mar thaic a tha Bòrd na Gàidhlig a' toirt seachad.

An Neach-gairm sealach: Chì mi nach eil ceistean a bharrachd aig buill. 'S e seisean cruaidh a bha seo, a lean na b' fhaide na bha dùil aig duine againn, agus mar sin tha mi a' toirt taing dha-rìribh don luchd-fianais againn uile.

Chaidh mòran sgrùdadh agus aithris a dhèanamh air àite Bòrd na Gàidhlig, agus tha mi cinnteach gum bi sinn airson leantainn air grunn nithean. Tha sinn a' fàgail an t-seisean fianais seo le mòran a bharrachd cheistean mu àite an sgioba taic maoineachaidh agus mar a tha Riaghaltas na h-Alba a' cumail sùil air Bòrd na Gàidhlig. Feumaidh sinn freagairtean cruaidh, làn shoilleir mu na ceistean a thog Ailig Neil agus Graham Simpson gu sònraichte le Pòl Johnston, agus le Dùghlas Ansdell—tha mi a' smaoinichadh gu bheil ceistean mòr fhathast ann, co-dhiù air an taobh sin den chòmhradh againn madainn an-diugh.

Tha mi a' toirt taing do Mhàiri NicAonghais, Shona NicIllinnein, Pòl Johnston agus Dùghlas Ansdell, a bharrachd air an Dr Stewart MacLeòid, a bha còmhla rinn air astar. Cuiridh mi an cuimhne gach neach a tha air a bhith a' coimhead air an t-seisean fianais seo gum bi sinn ag eadar-theangachadh na h-Aithisg Oifigeil don Ghàidhlig dhaibhsan anns a' choimhearsnachd Ghàidhlig aig a bheil ùidh ann an obair na comataidh.

11:31

Lean a' choinneamh gu prìobhaideach gu 12:08.

Foillsichte ann an Dùn Èideann le Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba, Pàrlamaid na h-Alba, Dùn Èideann, EH99 1SP

Tha a h-uile sgrìobhainn ri fhaighinn air làrach-lìn
Pàrlamaid na h-Alba aig:

www.parliament.scot

Tha fiosrachadh mu sholaraidhean clò neo-aontaichte ri
fhaighinn an seo:

www.parliament.scot/documents

Airson fiosrachadh mu Phàrlamaid na h-Alba cuir fios air
Fiosrachadh Poblach air:

Fòn: 0131 348 5000

Fòn teacsa: 0800 092 7100

Post-d: sp.info@parliament.scot



The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba